


CÒ RINN E?

DÒMHNALL IAIN MACIOMHAIR



SGRÌOBT

CÒ RINN E?

Notaichean mus tòisich sibh!



Caractaran – le pàirt chudromach/guth

1. Teaghlach/muinntir na coimhearsnachd – airson sealltainn dè tha daoine ‘tuig sinn a thachair ‘s ciamar a tha muinntir an àite a faireachdainn mun mhurt:

DÒMHNALL AONGHAIS DHUIBH
MÀIRI, BEAN DHÒMHNAILL
IAIN BEAG

2. An fheadhainn a tha san taigh mhòr, a bha eòlach air an tè chaidh a mhurt agus a tha ‘fuireach neo ag obair far an deach an corp a lorg:

UILLEAM GÒRDANACH
EALASDAIR, A BHEAN
FEARCHAR, AM MAC
AONGHAS, AN GILLE-TAIGHE
EILIDH, AN T-SEARBHANT

3. Am Poileas. Aig amannan san leabhar tha poileas a’ faighinn ainm ‘s aig amannan eile chan eil, agus chan eil mi buileach cinnteach cia mhead a tha ann uile gu lèir ach:

SEAIRDSEANT, MAC ILLE DHUIBH
POILEAS, MACLEÒID
POILEAS, DÒMHNALLACH
POILEAS ÒG, MACRATH
BANA-PHOILEAS, SÌNE NICDHÒMHNAILL
CEANNARD
STIÙIREADAIR ROS, DREUCHD SÒNRAICHTE
SEAIRDSEANT MACMHATHAIN, DREUCH SÒNRAICHTE

4. Cudromach mar fhianaisean:

IAIN CHOINNICH
SEUMAS MAC NA CEÀRDAICH
SEÒRAS FRISEALACH

5. Sa chùirt:
SEÒRAS URACHADAN, FEAR LAGHA
SEUMAS TÀILLEAR, FEAR TAGRAIDH A CHRÙIN
BREITHEAMH
6. Eile:
COINNEACH, BRÀTHAIR DHAN TÈ A CHAIDH
A MHURT



Seallaidhean

Tha mhòr chuid dhen stòiridh a-staigh – am broinn taighean, stèisean poileas, cùirt ‘s msaa. Tha còir gun dèan sin e nas fhasa cumail dlùth ri obair an ùghdair. Ge-tà, tha a’ chiad chaibideil gu ìre mhòr, a-muigh – ach gabhaidh sin atharrachadh, gu broinn aon de na dachaighean.

Tha sealladh neo dhà far a bheil na tha tachairt, a’ gluasad bho rùm gu rùm neo àite gu àite.

A-rithist, dh’ fheumte iad sin a’ stèidheachadh ann an aon àite.

Ma dh’fhaoidte gu feumar dà shealladh a dhèanamh de Chaibideil 12 – air sgàth ’s mar a tha an stòiridh a tighinn gu crìch.

Priomh àitichean:

1. Taigh Dhòmhnail Aonghais Dhuibh
 2. Seòmar-suidhe An Taigh Mhòir
 3. Taigh Iain Choinnich
 4. Seòmar –suidhe An Taigh Mhòir
 5. Am broinn bhan a phoileas
 6. Am broinn bhan a phoileis
 7. Seòmar-suidhe anns an taigh-òsda
 8. Seòmar-suidhe An Taigh Mhòir
 9. Seòmar ceasnachaidh ann an stèisean poileis
 10. Cell poileis
 11. Taigh Dhòmhnail Aonghais Dhuibh
 12. Anns an àrd-chùirt
-

CÒ RINN E?



1. CIDSIN DHÒMHNAILL AONGHAIS DHUIBH

Tha an teaghlach a' cleachdadh a' chidsin mar sheòmar anns am bi iad a' suidhe a' chuid as motha dhen ùine. Tha stòbh ann, air a bheil coire agus panaichean. Tha bucaid làn mòna air aon taobh, agus tha cat fo phlaide ann am bogsa air an taobh eile. Tha bòrd ris a' bhalla fo aon de na h-uinneagan le sèithear aig gach ceann, agus tha sòfa beag faisg air an stòbha. Tha preasa mòr gu aon taobh dhen bhòrd agus sinc chun an taoibh eile. Tha dreach na Nollaig air an t-seòmar, ach chan eil cus stuth ann. Tha cairtean crochte ris a' bhalla agus tha craobh bheag anns an oisean le buill is tionsail oirre. Tha doras a' dol a-steach gu ceann eile an taighe agus tha doras a' dol a-mach às an taigh.

Tha MÀIRI, bean Dhòmhnail, na seasamh aig an uinneig eile. Tha na cùirtearan air an tarraing - 's e am feasgar a tha ann. Trì latha ron Nollaig - 's tha i a' fàs dorcha tràth.

Tha MÀIRI a' giogadh a-mach air oir a' chùirteir. Tha fòn air a' bhalla ri taobh na h-uinneig. Chan eil e a' seirm ach aon turas nuair a tha Màiri ga thogail.

MÀIRI

Halò!

A Sheasaidh! Sin thu!

Cha deach, cha deach mise taobh. Tha
mi dìreach a' feitheamh gus an tig
Dòmhnall dhachaigh. Cha bu chòir gum
bi e fada. An cuala tu fhèin an còrr?

Tha MÀIRI ag èisteachd.

MÀIRI

Ò nach ist thu! An ainm an nì math;
cha ghabh sin a bhith. Ann a sheo? Am
Baile Thorcaill!

Tha i ag èisteachd.

MÀIRI

Dè thuirt thu?

Chunnaic sinn na càraichean, agus am
poileas. 'S e sin a thug air
Dòmhnall...

Tha i ag èisteachd.

MÀIRI

Seadh!

Tha i ag èisteachd.

MÀIRI

Ò! Tha thu a' cur an eagail orm
a-nise..

Tha i ag èisteachd.

MÀIRI

Uill, 's e Nollaig chearbach dha-
rìribh a bhios sa bhaile seo a-rèist,
ach gu h-àraidh dha na truaghain ann
an *Sealladh Mara*.

Tha i ag èisteachd.

MÀIRI

Tha fios a'm! Trobhad ort, a
Sheasaidh, 's fheàrr dhomh falbh.
Saoilidh mi gu bheil Dòmhnall an seo,
's cuideigin còmhla ris a rèir nan
guthan. Chì mi a-màireach thu.

Gun teagamh. Siuthad ma tha. Tìoraidh
an-dràsta.

Cluinnidh sinn na guthan aig dithis fhear o
chùl an dorais. Tha MÀIRI a' cur sìos a'
fòn. Tha an doras-cùil a' fosgladh agus tha
DÒMHNALL a' tighinn a-steach. Tha e a' toirt
dheth a churrac. Tha CALUM BEAG a' tighinn
a-staigh air a shàil agus tha e a' dùnadh an
dorais às a dhèidh.

MÀIRI

Thigibh a-steach! Halò, a Chalum. Dè do chor? Siuthad, suidh aig an stòbh ach am blàthaich thu. Tha an coire dìreach air goil.

Tha DÒMHNALL a' cur a sheacaid air cùl sèithir agus a' seasamh le chùlaibh ris an stòbh. Tha CALUM BEAG a' suidhe air an t-sòfa. Tha MÀIRI a' togail a' choire.

MÀIRI

Seadh? Tha Seasaidh Sheumais dìreach air falbh far a' fòn.

DÒMHNALL

Ma tha, bidh fios agad air a h-uile càil mar-thà. Bha Cailean aice shuas aig an Taigh Mhòr e fhèin.

CALUM

Aidh, e fhèin is fireannach às a h-uile taigh sa bhaile.

MÀIRI

An e an fhìrinn a th' ann?
Cairistiona Sheòrais? Air a murt? 'S gann a chreideas mi gu bheil mi fiù 's ga ràdh.

CALUM

Uill, a rèir na chuala sinn an-diugh
's e an fhìrinn a th' ann. Air a
murt, 's air a fàgail air cùl taigh
mòr Sealladh Mara.

MÀIRI

Ò shìorraidh! 'S a bheil fios aca dè
thug am bàs...

DÒMHNALL

Peilear... dà pheilear a rèir poileas
mòr, cruinn a thàinig a-mach a
bhruidhinn ri na bha air
cruinneachadh.

Tha MÀIRI a' dol a dhòrtadh uisge bhon
choire dhan phoit. Tha crith na làimh. Tha
DÒMHNALL a' toirt a' choire bhuaipe.

DÒMHNALL

Suidh, a Mhàiri. Nì mise sin.

Tha MÀIRI a suidhe 's a tha DÒMHNALL a'
tòiseachadh ri tì a dhèanamh.

CALUM

Lorg cuideigin bhon Taigh Mhòr fhèin
an corp tràth sa mhadainn. Air an
starsaich chùil. Smaoinich.

MÀIRI

Cò an truaghan a fhuair i?

DÒMHNALL

Cò aig tha fios? Cha robh am poileas deònach ceistean a fhreagairt. Dh'iarr iad oirnn a dhol dhachaigh 's gum biodh iad a' bruidhinn ris a h-uile duine sa bhaile anns na làithean a tha romhainn.

CALUM

Aidh, 's gum biodh amharas air a h-uile duine againn gus am faigh iad a-mach cò rinn e.

MÀIRI

Chan eil iad an dùil gur e cuideigin às a seo a rinn e? Murt! Murtair ann am Baile Thorcaill. Tha sinn eòlach air a h-uile duine - fiù 's na Gòrdanaich fhèin, mòr 's gu bheil iad. Faithnichidh a h-uile duine a chèile. Cairistiona bhochd! Cò idir a dhèanadh rud cho uabhasach!

Tha CALUM a' seasamh. Tha DÒMHNALL a' cur chupannan is ghnòthaichean air a' bhòrd airson na tì.

CALUM

Och na dèan càil dhòmhsa, a Dhòmhnail. 'S fheàrr dhomh falbh. Bidh i fhèin a' feitheamh orm 's i air bhioran gus faighinn a-mach dè thachair.

Tha e a' dol chun an dorais 's tha MÀIRI ga leantainn chun an dorais.

CALUM

Tha mi toilichte nach eil fad' agam ri dhol.

MÀIRI

Gu dearbha!

CALUM

Oidhche mhath leibh ma tha.

DÒMHNALL/MÀIRI

Oidhche mhath, oidhche mhath, a Chalum.

Tha CALUM BEAG a' fàgail 's tha MÀIRI a' glasadh an dorais às a dhèidh. Faithnichidh tu air aodann DHÒMHNAILL nach e rud a th' ann as àbhaist dhaibh a dhèanamh.

MÀIRI

Uill, tha mise air mo chlisgeadh.

Tha iad nan suidhe aig dà cheann a' bhùird 's cupa tì aca.

DÒMHNALL

Cò idir, idir a dhèanadh a leithid?

MÀIRI

Cò ach cuideigin a tha na
sheirbhiseach aig an t-Sàtan fhèin.

DÒMHNALL

Boireannach òg, gasta nach do rinn
cron air duine riamh. Cha robh càil
aig duine na h-aghaidh.

MÀIRI

Cò aig tha fios? Dè fios a th' againne
dè tha a' dol air adhart ann am beatha
dhaoin' eile.

Tha iad sàmhach airson greiseag.

DÒMHNALL

Cairistiona Sheòrais a' Chlachair!
Uill, uill, uill. Tha bliadhnaichean
o thòisich i na searbhanta ann an
Sealladh Mara - aig Ùisdean Mòr nach
maireann an toiseach, 's an uair sin
aig a' Ghòrdanach

MÀIRI

Nach robh i a' falbh uaireigin le
fear à Bhalanais, Mac Sheonaidh na
Clàrsaich?

DÒMHNALL

Bha, ach chaidh iad a-mach air a
chèile seach nach fhàgadh ise a h-
obair san Taigh Mhòr. Cha robh
searbhanta math gu leòr dhàsan, sin a
bha iad ag ràdh aig an àm.

MÀIRI

Uill brònag, 's coma dhi a-nise. Aon mhathas, 's e nach eil a pàrantan bochd beò. Daoine coibhneil agus muinntir eaglais. Dìreach dà bhliadhna eadar bàs an dithis, mas math mo chuimhne. Bha gille ann cuideachd, nach robh - bràthair do Chairistiona?

DÒMHNALL

Bha, Coinneach a thug iad air. Tha e thall thairis am badeigin. Nach esan a gheibh an naidheachd bhon taigh. Trì latha ron Nollaig.

Tha fuaim grunn chàraichean a' dol seachad agus solais a' deàrrsadh air na cùirtearan.

DÒMHNALL

Feumaidh sinn fàs cleachdte ris a seo, tha amharas orm, gus am faigh iad fuasgladh.

MÀIRI

Cha bhi an tiodhlacadh fhèin ann airson greis, tha mi cinnteach.

DEIREADH SEALLADH 1

2. SEÒMAR-SUIDHE AN TAIGHE MHÒIR

Tha an seòmar-suidhe mòr, le coltas an airgid air gach nì a tha na bhroinn, eadar ballaichean, solais, làr agus àirneis. Tha e air a sgeadachadh airson na Nollaig. Tha teine mòr fosgailte aig aon cheann le sgeilp os a chionn. Air a sin tha cloc mòr agus dà choinnlear airgid. Tha dealbh mhòr os cionn sin - de shealladh às dèidh sealg far a bheil fir le gunnaichean nan seasamh ri taobh damh marbh. Tha uinneag le cùirtearan dearg, mhealabhaid air aon bhalla agus tuilleadh dhealbhan de sheallaidhean Gàidhealach gu gach taobh. Fon uinneig tha bòrd le lampa agus dealbhan teaghlaich ann am frèaman airgid. Tha dreasair ris a' bhalla air a bheil soithichean is glainnichean. Tha sòfa mòr agus sèithrichean de dhiofar sheòrsaichean air feadh an t-seòmair. Tha doras ann, agus tha e dùinte.

Tha dà phoileas òg - MACLEÒID agus MACRATH anns an t-seòmar. Tha fear a' coiseachd a dh'ionnsaigh an fhir eile 's e a' coimhead mun cuairt air. Tha leabhar beag is peann aig an fhear sin na làmhan.

MACLEÒID

Uill, a MhicRath, chan eil cus teansa gum bi a leithid seo agam fhìn no agad fhèin a dh'aithghearr air tuarastal a' phoilis.

MACRATH

Tha coltas an airgid air gun teagamh. Cia mheud seòmar a thuir an Seàirdseant a bha againn ri coimhead ann?

MACLEÒID

Cus do dh'aon teaghlach. Tha beairteas ann am bùthan bìdh a rèir coltais. Rinn Uilleam Gòrdan math gu leòr asta co-dhiù.

MACRATH

Rinn, ach tha na dusain aige, tha e coltach -
chan e a-mhàin an fheadhainn a th' air an
eilean ach feadhainn air tìr-mòr cuideachd.

MACLEÒID

Socair no gheibh thu do mhìthealadh. Seo e
fhèin a' tilleadh.

Tha an SEÀIRDSEANT a' tighinn a-steach an doras. Ga
leantainn tha: UILLEAM, a bhean EALASOID, am mac
FEARCHAR, AONGHAS an gille-taighe, agus air dheireadh
orra tha EILIDH, an t-searbhanta. Tha treidhe aig
EILIDH air a bheil poit cofaidh, siuga le bainne agus
soitheach anns a bheil siùcar. Tha a làmhan air chrith
agus tha AONGHAS ga toirt bhuaipe agus ga cur sìos air
an dreasair far a bheil cupannan agus sàsaran.
Tha UILLEAM a' coiseachd gu taobh an teine, EALASOID
a' suidhe faisg air 's i a' suathadh a sùilean le
nèapraige. Tha FEARCHAR a' suidhe air an t-sòfa agus
tha AONGHAS a' seasamh ri taobh an dreasair. Tha
EILIDH a' tòiseachadh ri cupannan a chur air dòigh
airson a' chofaidh.

Tha an SEÀIRDSEANT a' seasamh far am faic a h-uile
duine e agus a' bruidhinn, an toiseach ris an dithis
phoileas.

SEÀIRDSEANT

A MhicRath, thalla suas an staidhre agus
cuidich a' bhana-phoileas NicDhòmhnail le h-
obair ann an seòmar-cadail na tè a chaidh a
mhurt.

Tha MACRATH a' dèanamh gus gluasad.

MACRATH

Dè an taobh...?

UILLEAM

Suas gu bàrr na staidhre agus sìos an tranntsa.
Aig an fhìor cheann shìos, chì thu staidhre
eile. Tha seòmair Cairistiona - an seòmair a bha
aig Cairistiona - aig bàrr na staidhre sin.

Fhad 's a tha MACRATH a' fàgail an t-seòmair, tha an
SEÀIRDSEANT a' toirt òrdain dhan phoileas òg eile.

SEÀIRDSEANT

A MhicLeòid, fuirich thusa ann a sheo agus cuir
an leabhar 's am peann sin gu feum fhad 's a
bhios mise a' cur nan ceistean.

Tha EILIDH a' toirt cupa cofaidh do bhean-an-taighe.

SEÀIRDSEANT

Seadh ma tha, beagan daingneachaidh an toiseach
air fiosrachadh teaghlaich na tè a chaidh a
mhurt.

UILLEAM

Uill, tha bràthair aice thall thairis. An
Ameireaga saoilidh mi. Agus sin e cho fad 's as
aithne dhuinne. Chan eil na pàrantan beò.

EILIDH

Cha robh an seo ach i fhèin. Bhiodh i daonnan
ag ràdh riumsa gun robh i aonaranach.

SEÀIRDSEANT

Dè mu nàimhdean ma tha? Tha càch uile samhach,
a' coimhead air a chèile.

EALASaid

(Air a h-uabhasachadh)

Cha robh! Chan aithne dhomh duine sam bith aig
am biodh adhbhar a ... marbhadh.

Tha EILIDH a' cumail oirre a' frithealadh orra le
cofaidh. Tha e follaiseach gu bheil fios aice dè tha
muinntir an taighe mhòir a' gabhail leis a' chofaidh.
Tha an SEÀIRDSEANT a' diùltadh bainne agus siùcar agus
a' cur a' chupa 's an sàsar sìos air bòrd. Gabhaidh e
balgam bho àm gu àm. Tha MACLEÒID a' sgrìobhadh a h-
uile rud feumail anns an leabhar bheag aige.

SEÀIRDSEANT

Eilidh, an robh Cairistiona a' falbh le duine?

EILIDH

(rud beag mì-chinnteach)

Uill... tha greis bhuaithe a-nise, ach bha... bha i
a' falbh airson greiseag le fear à Bhalanais.
Ach tha mìosan bho dhealaich iad.

AONGHAS

Dùghall, mac Sheonaidh na Clàrsaich a chanadh
iad ris. B' aithne dhòmhsa e.

EILIDH

Ach chaidh iad a-mach air a chèile. Chan eil mi
cinnteach carson - rudeigin mun obair aice.

AONGHAS

Tha esan pòsta a-nise - 's a' fuireach ann an
Glaschu.

SEÀIRDSEANT

Ceart ma tha! Cuin a chunnacas Cairistiona mu
dheireadh. Cò agaibh a chunnaic i a-raoir?

EALASOID

Uill, bha mise a' bruidhinn rithe air an staidhre mu dheich uairean.

SEÀIRDSEANT

Cò mu dheidhinn?

EALASOID

Dìreach biadh ... dinnear na Nollaig ... uair is eile. Bha ullachadh ri dhèanamh. Bu toigh le Cairistiona a h-uile rud mun Nollaig, am biadh, na cairtean ... a h-uile rud ... mo chreach ... cha ghabh seo a chreidsinn.

Tha EALASOID a' suathadh a sùilean leis an nèapraig.

SEÀIRDSEANT

Dè mu do dheidhinn-sa, Eilidh? Cuin a chunnaic thu i mu dheireadh?

EILIDH

Chunnaic mi i na bu tràithe na sin. Ach dìreach bhuam - mu 9 uairean. Bha mi air an rathad gu mo sheòmar fhìn.

SEÀIRDSEANT

Cha do bhruidhinn sibh?

EILIDH

Cha do bhruidhinn an uair ud. Bha sinn còmhla a' mhòr-chuid dhen latha, ag obair còmhla.

SEÀIRDSEANT

Am faca duin' i às dèidh deich uairean as t-oidhche ma tha?

FEARCHAR

A bharrachd air an neach a...

Tha an SEÀIRDSEANT a' toirt droch shùil air.

SEÀIRDSEANT

An cuala duine agaibh fuaim caran annasach, can mu aon uair 's deug? Fuaim coltach ri gunna ga losgadh?

Tha a h-uile duine a' crathadh an cinn 's a' brunndail "cha chuala." Tha an SEÀIRDSEANT a' coiseachd air ais 's air adhart air an aon phìos den bhrat-ùrlair.

SEÀIRDSEANT

Chaidh boireannach òg - air an robh sibh uile eòlach - a lorg marbh aig doras-cùil Sealladh Mara. Chaidh dà pheilear a chur innte agus tha an dotair den bheachd gun do bhàsaich i mu aon uair 's deug. Ach, cha chuala duin' agaibhse càil?

Tha a h-uile duine a' brunndail 's a' crathadh an cinn.

SEÀIRDSEANT

An robh sibh uile nur cadal aig aon uair 's deug?

FEARCHAR

Cha robh mise ach, cha mhotha na sin a chuala mi fuaim gunna ga losgadh.

UILLEAM

Bha an oidhche a-raoir ciùin, bhiodh sinn uile air fuaim dhen t-seòrsa sin a chluinntinn, fiù 's ann an taigh mòr mar seo.

FEARCHAR

Chan eil mise a' tuigsinn dè bhiodh Cairistiona a' dèanamh air cùl an taighe aig an àm sin dhen oidhche.

EILIDH

Bhiodh i corra uair a' dol air chuairt mus deidheadh i don leabaidh.

SEÀIRDSEANT

Agus an deach i mach a-raoir?

EALASaid

Chan eil fhios a'm.

Tha an SEÀIRDSEANT a' fàs mì-fhoighidneach.

SEÀIRDSEANT

Uill, an robh an doras glaiste sa mhadainn?

UILLEAM

Bha. Ach tha iuchair fhèin aig a h-uile duine - an teaghlach agus an luchd-obrach. Bha iuchair aig Cairistiona. Dh'fhaodadh i falbh is tighinn mar a thogradh i.

MACLEÒID

Sir, cha do lorg sinn iuchair air a' chorp no faisg air.

AONGHAS

Ach glasaidd an doras gun iuchair. Chan eil agad ach a tharraing gu cruaidh às do dhèidh.

SEÀIRDSEANT

An cuala duine fuaim an dorais a' dùnadh - gu cruaidh?

Tha iad uile a' crathadh an cinn.

SEÀIRDSEANT

Ceart ma tha. A bheil gunnaichean ann an Sealladh Mara?

UILLEAM

Tha dà ghunna agamsa, ach tha cead agam air an son.

SEÀIRDSEANT

Feumaidh sinn an toirt leinn agus sgrùdadh a dhèanamh orra

UILLEAM

Dè tha thu a' feuchainn ri ràdh? Cha do ghluais na gunnaichean agamsa às a' phreasa aca bho bha mi a' sealg sna saor-làithean mu dheireadh.

SEÀIRDSEANT

Bheir mi leam na gunnaichean. Agus feumaidh mi bruidhinn ris a h-uile duine agaibh air leth.

Tha e a' faighinn deiseil airson an ceasnachadh a thoirt gu crìch agus airson falbh nuair a tha an doras a' fosgladh agus tha an dithis phoileas, MACRATH agus a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL a' tighinn a-steach.

SEÀIRDSEANT

Seadh?

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Fhuair sinn a-mach ciamar a chaidh Cairistiona a-mach às an taigh a-raoir.

SEÀIRDSEANT

Agus?

MACRATH

Cheangail i an t-aodach-leapa aice ri chèile 's rinn i ròpa dheth airson cromadh bho uinneag an t-seòmair gu talamh.

EALASaid

Dè?

UILLEAM

An ainm...

EALASaid

Carson idir...?

FEARCHAR

Dh'fhaodadh i an doras a chleachdadh.

AONGHAS

Tha e ag innse carson nach cuala sinn an doras.

SEÀIRDSEANT

'S dòcha, ach chan eil e 'g innse dhuinn ciamar nach cuala duin' agaibh dà urchair gunna.

DEIREADH SEALLADH 2

3. SEADA IAIN CHOINNICH

Tha IAIN CHOINNICH trang ag obair anns an t-seada aige. Tha bòrd mòr, fada ann am meadhan an làir agus tha measgachadh de dh'innealan air a' bhòrd agus cnagan fiodha. Mun cuairt tha an seada gu math sgiobalta 's a h-uile rud na àite fhèin - rudan, mar speal is tairsgeir, crochte air tàirngnean air aon bhalla is rudan eile mar gràpa, spaid no dhà is ràcan an tacs balla eile. Tha uinneag air aon bhalla le lèsain car coltach ris an t-seòrsa a bhiodh air taigh-beag, far nach fhaiceadh duine a-staigh no a-mach gu soilleir.

Tha measgachadh de stuth iasgaich ann an oisean - a dhà no trì chlàibh, slatan-iasgaich agus duirgh.

Tha IAIN CHOINNICH fhèin na sheasamh aig a' bhòrd 's e ag obair air pìos fiodha le locair.

Tha an dithis phoileas òg, MACLEÒID agus MACRATH a' coiseachd a-steach gun ghnogadh. Tha IAIN CHOINNICH a' coimhead suas agus a' cumail air le obair.

IAIN CHOINNICH

Seadh a-nise - tha sibh ann. Thigibh a-steach - tha an doras fosgailte.

Tha an dithis phoileas a' toirt dhiubh an adan agus tha MACRATH a' toirt leabhar agus peann às a phòcaid. Tha MACLEÒID a' cur nan ceistean. Tha e a' coiseachd mun cuairt 's a' coimhead air na h-innealan. Tha IAIN a' cumail air leis an locair.

IAIN CHOINNICH

Chan urrainn dhomh tì a thabhann dhuibh mur h-eil sibh airson a dhol suas chun an taighe. Tha Sìne trang a' fuine ach 's iongantach mura cuireadh i an coire air.

MACLEÒID

Tha seo taghta. Bheil anns an taigh ach an dithis agaibh?

IAIN CHOINNICH

Dìreach mi fhìn 's i fhèin, agus Meg - an cù!

MACLEÒID

Ceart. Bruidhnidh sinn rithese fhathast - Sìne - ach uill, bidh fios agad dè tha gar toirt an seo?

IAIN CHOINNICH

An aon rud 's a tha gur toirt dhan h-uile taigh ann am Baile Thorcaill, shaoilinn.

MACLEÒID

Tha sinn a' ceasnachadh a h-uile mac màthar sa bhaile mu mhurt Cairistiona.

IAIN CHOINNICH

Bidh sibh air tòrr còmhraidh a dhèanamh mus coilean sibh sin.

MACLEÒID

Tha murtair nar measg.

IAIN CHOINNICH

'S a bheil sibh càil nas fhaisge air a ghlacadh?

MACLEÒID

'S e gnothach poilis a tha sin. Nise, càit an robh thu fhèin an oidhche a chaidh Cairistiona a mhurt?

Tha IAIN CHOINNICH a' cur bhuaithe na locair airson a' chiad uair bho nochd na poilis agus a' tachas a chinn.

IAIN CHOINNICH

Uill, bha mi ann a sheo - aig an taigh - agus an uair sin chaidh mi air chuairt le Meg.

MACLEÒID

Dè an uair a bha e nuair a chaidh thu air do chuairt?

IAIN CHOINNICH

Mu naoi uairean.

MACLEÒID

A bheil thu cinnteach mun uair? Gur e naoi uairean a bha ann?

IAIN CHOINNICH

Mura h-eil thu gam chreidsinn faodaidh tu faighneachd dhan chù.

Tha IAIN CHOINNICH a' dèanamh gàire beag 's tha MACRATH a' coimhead suas bhon sgrìobhadh aige.

MACLEÒID

Chan e adhbhar fealla-dhà a tha seo idir.
Dìreach freagair na ceistean.

Tha IAIN CHOINNICH a' tòiseachadh ri sgioblachadh mun bhòrd agus a' cumail air fhad 's a bhios e a' freagairt nan ceistean. Tha am poileas MACRATH na sheasamh san aon àite agus tha MACLEÒID a' coiseachd air ais 's air adhart, 's a' stad gach uair a bhios ceist aige.

IAIN CHOINNICH

Ceart gu leòr. Chaidh mi a-mach aig naoi uairean. Tha cuimhn' a'm oir bha na naidheachdan dìreach a' tòiseachadh air an telebhisean.

MACLEÒID

'S am faca tu duine fhad 's a bha thu a-muigh?

IAIN CHOINNICH

Chan fhaca. Bha i fuar a-muigh.

MACLEÒID

A bheil thu cinnteach nach fhaca tu duine?

IAIN CHOINNICH

Tha, tha mi cinnteach.

MACLEÒID

'S an deach thu seachad air Sealladh Mara air do chuairt?

IAIN CHOINNICH

Chaidh.

MACLEÒID

'S am faca tu duine?

IAIN CHOINNICH

Chan fhaca mi duine a' coiseachd. Ach chunnaic mi càr.

MACLEÒID

Dè an seòrsa càir?

IAIN CHOINNICH

Chan eil fhios a'm. Chan eil mi math air càraichean aithneachadh ach tha fios a'm nach e fear de chàraichean nan Gòrdanach a bh' ann. Càr beag, geal a bh' ann.

MACLEÒID

Dè mu àireamh a' chàir? An do mhothaich thu dha?

IAIN CHOINNICH

Cha do mhothaich. Cha do shaoil mi cus dheth.

MACLEÒID

'S càit an robh an càr? Na stad?

IAIN CHOINNICH

Bha, bha e na stad ann an lùb an rathaid,
dìreach seachad air an taigh mhòr. Bha
fireannach na shuidhe ann, ach cha do chuir mi
an còrr sùim ann.

MACLEÒID

Cha do dh'aithnich thu an duine?

IAIN CHOINNICH

Cha do dh'aithnich.

MACLEÒID

'S an aithnicheadh tu e nam faiceadh tu a-
rithist e?

IAIN CHOINNICH

Chan eil fhios a'm. Bha i dorcha. 'S bha e
dìreach na shuidhe sa chàr.

MACLEÒID

'S cuin a thill thu bhon chuairt?

IAIN CHOINNICH

Chan eil mi cinnteach. Mu dheich no beagan rona
sin.

MACLEÒID

'S an robh an càr ann nuair a thill thu?

IAIN CHOINNICH

Cha deach mi seachad air Sealladh Mara air mo thilleadh. Thill mi taobh na h-Àird Fhraoich.

MACLEÒID

`S a bheil neach sam bith a dhearbhas gun do thill thu aig deich uairean?

IAIN CHOINNICH

Tha. Sìne. Ach carson a bhiodh tu ag iarraidh dearbhadh?

Tha IAIN CHOINNICH a' fàs feargach nuair a thuigeas e.

IAIN CHOINNICH

Chan eil sibh a' smaoinichadh...

MACLEÒID

Tha sinn a' ceasnachadh a h-uile duine san aon dòigh. Bheil duine a dhearbhas dè rinn thu fhad 's a bha thu a-muigh?

IAIN CHOINNICH

Chan eil agam ach mo dhearbhadh fhìn. Thug mi an cù a-mach air chuairt air oidhche chiùin gheamhraidh.

Dìreach an uair sin tha sinn a' cluinntinn guth boireannaich ag èigheach, mar gun robh i pìos bhon t-seada, "Iain, a bheil mionaid bheag agad?"

IAIN CHOINNICH

Siud Sìne. Gabhaibh mo leisgeul gus am faic mi dè tha dhìth oirre.

MACLEÒID

Siuthad ma tha. Cha chùm sinn mòran nas fhaide
thu, ach tha ceist no dhà eile againn dhut.

Tha IAIN CHOINNICH a' dol a-mach an doras 's a' fàgail an
dithis phoileas.

MACRATH

Tha e doirbh a chreidsinn gu bheil sinn a' dol
timcheall baile beag cadalach mar seo 's a'
ceasnachadh leithid an duine ud mu mhurt cho borb.

MACLEÒID

Gun teagamh, ach mhurt cuideigin Cairistiona.
Chuir cuideigin dà pheilear innte. 'S feumaidh
sinn tòiseachadh le muinntir an àite fhèin. Siud
a' chiad iomradh a fhuair sinn air coigreach.

MACRATH

Corp, uinneag fhosgailte, ròpa le anart-leapa agus
a-nise càr geal. Ach cha chuala duine fuaim
urchair.

Tha MACLEÒID a' coiseachd gu aon cheann dhen t-seada agus
a' fosgladh preasa. Tha IAIN CHOINNICH a' tilleadh a-
steach 's a' bruidhinn, ach a' stad nuair a chì e doras
a' phreasa fosgailte.

IAIN CHOINNICH

Cha robh i ach ag iarraidh... dè tha thu dèanamh sa
phreasa?

MACLEÒID

Chan eil càil. Dh'fhosgail an doras - leis a'
ghaoith 's fheudar - 's bha mi dìreach a' dol ga
dhùnadh. Ceist no dhà eile 's bidh sinn deiseil.

Tha MACLEÒID a' coimhead air fhiaradh dhan phreasa.

MACLEÒID

A bheil gunna agad?

IAIN CHOINNICH

Chan eil. Dè tha seo...?

MACLEÒID

A bheil gunna agad? 'S an robh e agad nuair a bha thu a-muigh?

Tha IAIN CHOINNICH a' sìor fhàs feargach.

IAIN CHOINNICH

Cha robh gunna agam 's chan eil gunna agam. 'S ged a bhitheadh, cha bhiodh fios agam ciamar a loisginn e.

MACLEÒID

Mar a thubhairt mi, chan eil ann ach ceist a dh'fheumas sinn a chur air a h-uile fear sa bhaile. Tapadh leat airson d' ùine. Tillidh sinn fhathast a bhruidhinn ri Sìne.

Tha na poilis a' cur orra an adan, MACRATH a' cur air falbh a' phinn agus an leabhair, agus a' dèanamh air an doras. Tha IAIN CHOINNICH a' togail na locair a-rithist.

IAIN CHOINNICH

Glè mhath. Chan eil dùil aice a dhol taobh an-diugh co-dhiù.

MACRATH

Latha math.

Chan eil IAIN CHOINNICH ag ràdh a' chòrr ach a' tionndadh gu obair. Tha an dithis eile a' dol a-mach an doras.

DEIREADH SEALLADH 3

4. SEÒMAR-SUIDHE AN TAIGHE MHÒIR

Tha grunn làithean air a dhol seachad agus tha rannsachadh nam poileas air a bhith a' dol air adhart anns an taigh mhòr agus air feadh a' bhaile.

Tha an seòmar-suidhe mar a chunnaic sinn e, ach chan eil sgeul air sgeadachadh na Nollaig. Tha e sgiobalta le gleans às gach pìos àirneis agus tha teine mòr air. Tha an SEÀIRDSEANT anns an t-seòmar leis fhèin. Tha e a' coimhead mun cuairt agus a' brunndail ris fhèin.

SEÀIRDSEANT

Cha mhòr nach biodh e cho math dhòmhsa gluasad a-staigh a seo. Tha mi a' cur seachad barrachd ùine ann na tha mi na mo thaigh fhèin.

Tha gnogadh aig an doras.

SEÀIRDSEANT

Thig a-steach!

Tha BANA-PHOILEAS ÒG ann an èideadh a' tighinn a-steach le grunn phìosan pàipeir. Tha i nas òige na a' bhana-phoileas NicDhòmhnail a tha air a bhith an sàs anns an rannsachadh.

BANA-PHOILEAS ÒG

Sir, seo na duilleagan rannsachaidh a bha sibh a' feitheamh.

Tha i a' sìneadh nam pàipearan thuige agus a' dèanamh gus an seòmar fhàgail.

SEÀIRDSEANT

Tapadh leat. Tha amharas agam, a rèir do chabhaig gus falbh, nach eil cus às ùr an seo. Siuthad - ach lorg MACRATH agus MacLeòid 's can riutha tighinn an seo.

BANA-PHOILEAS ÒG

Tha iad a-muigh sa bhan, Sir. Cuiridh mi a-steach iad.

Tha a' BHANA-PHOILEAS ÒG a' dùnadh an dorais às a dèidh. Tha an SEÀIRDSEANT a' toirt sùil tro na pàipearan. Chan fhada gus am fosgail an doras agus tha MACRATH agus MACLEÒID a' tighinn a-steach.

MACLEÒID/MACRATH

Sir!

Tha an SEÀIRDSEANT a' comharrachadh nam pàipearan dhaibh.

SEÀIRDSEANT

Uill, thàinig fiosrachadh air ais mun rannsachadh air làraich nan corragan ann an seòmar Cairistiona air ais. Cha robh càil ann ach an fheadhainn ris am biodh dùil - muinntir an taighe fhèin 's a h-uile duine aca air aideachadh airson adhbhar air choreigin gun robh iad anns an t-seòmar aice agus gun robh cead aca.

MACRATH

Ach carson a chaidh i fhèin a-mach air an uinneig - sin an rud nach eil mise a' tuigsinn.

MACLEÒID

Uill, bha i a' dol a choinneachadh ri cuideigin 's cha robh i airson gum biodh fios aig duine.

SEÀIRDSEANT

Ach an e sin an cuideigin a mharbh i?

MACLEÒID

Chan urrainn dhuinn a bhith cinnteach.

SEÀIRDSEANT

Ma chaidh losgadh oirre far an do thuit i 's far an do lorg sinne an corp, bhiodh cuideigin anns an taigh mhòr air urchair a chluinntinn - chan e a-mhàin aon ach a dhà.

MACRATH

Saoil a bheil iad ag innse na fìrinn ge-tà?

SEÀIRDSEANT

Tha mi a' smaoinneachadh gu bheil. Le fios a-nise dè an seòrsa gunna a bh' ann, bhiodh iad air fuaim nan urchairean sin a chluinntinn.

MACLEÒID

Ma tha, chan e sin an aon seòrsa gunna 's a thug sinn bhon Ghòrdanach o chionn làithean.

SEÀIRDSEANT

Chan e. Ge bith cò às an tàinig an dà pheilear a mharbh Cairistiona, cha b' ann às a' ghunna sin a thàinig iad.

Tha an dithis a' dèanamh osna mhòr.

SEÀIRDSEANT

Ach dè ma chaidh am boireannach seo a mhurt astar math bhon taigh 's gun deach an corp aice a thoirt air ais an seo - far an deach a lorg sa mhadainn.

MACRATH

Ach carson?

SEÀIRDSEANT

Airson amharas a chur air cuideigin san taigh mhòr? 'S fhiach beachdachadh air. Feumaidh sinn ar raointean rannsachaidh a sgaoileadh nas fharsainghe.

Dìreach an uair sin tha a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL a' tighinn a-steach gun ghnogadh.

BANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Seallaibh seo.

Tha bogsa aice ann an aon làimh agus pìosan pàipeir - litrichean anns an làimh eile.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Lorg mi am bogsa seo anns an rùm aig Cairistiona. Bha dà litir na bhroinn.

Tha an SEÀIRDSEANT a' toirt bhuaipe nan litrichean.

SEÀIRDSEANT

Cò bhuaithe a tha iad?

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Uill, sin an rud a tha neònach. Chan eil ainm no seòladh air tè seach tè. Ach 's ann gu Cairistiona a chaidh an cur.

Tha an SEÀIRDSEANT a' leughadh aon de na litrichean.

SEÀIRDSEANT

A Chairistiona, a bheil cuimhne agad ormsa? Chì mi a dh'aithghearr thu. Ach chan ann am Baile nam Muc.

MACLEÒID

An e sin e?

MACRATH

Càit a bheil Baile nam Muc?

Chan eil coltas air duine aca gu bheil fios aca air freagairt na ceist sin. Tha an SEÀIRDSEANT a' leughadh na h-ath tè.

SEÀIRDSEANT

"A Chairistiona, seo mise a-rithist. 'S fhada bho nach robh sinn ann am Baile nam Muc. Chì mi ron Nollaig thu."

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Uill tha e follaiseach gun deach an tè sin a sgrìobhadh an dèidh na tèile. Ach dè tha iad a' ciallachadh?

SEÀIRDSEANT

A bheil an còrr litrichean ann?

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Chan eil. Cha robh sa bhogsa ach na dhà.

SEÀIRDSEANT

'S iongantach nach fhaca an neach seo i ron Nollaig. Nam faigheadh sinn a-mach mu Bhaile nam Muc, 's dòcha gun dèanadh sinn adhartas.

Ach rona sin tha làmh-sgrìobhaidh againn. A MhicRath, a MhicLeòid - thallaibh 's faighibh an teaghlach 's na searbhantan. Bidh iad eadar an cidsin agus an seòmar-suidhe eile. Tha iad uile a' feitheamh fios bhuan co-dhiù. Iarr orra tighinn an seo.

Tha an dithis phoileas a dol a-mach an doras.

SEÀIRDSEANT

Thalla thusa 's faigh cnap de dhuilleagan bàna agus pinn.

Tha a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL a' fàgail, agus sa bhad tha na daoine eile a' nochdadh - UILLEAM, EALASAID, FEARCHAR, AONGHAS agus EILIDH agus às an dèidh-san MACRATH agus MACLEÒID. Dìreach às an dèidh-san tha a' BHANA-PHOILEAS a' tighinn a-steach.

Tha an seòmar a' coimhead làn. Tha MACRATH agus MACLEÒID aig an doras, tha an SEÀIRDSEANT agus a' BHANA-PHOILEAS ann am meadhan an rùm agus a bharrachd air UILLEAM tha càch nan suidhe mun cuairt. Fhad 's a tha an SEÀIRDSEANT a' bruidhinn, tha a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL a' toirt pìos pàipeir agus peann dhan h-uile duine a bhuineas dhan taigh mhòr. Tha iadsan a' coimhead caran troimh-a-chèile.

SEÀIRDSEANT

Nuair a gheibh sibh pàipear is peann, sgrìobhaibh, seo, "Nollaig Chridheil. 'S fhada bho nach robh sinn ann an Baile nam Muc." Tuigsinn? "Nollaig Chridheil. 'S fhada bho nach robh sinn ann an Baile nam Muc."

Tha duine no dithis a' lorg leabhar no còmhdach cruaidh mus sgrìobh iad. Cho luath 's a chì a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL gu bheil cuideigin deiseil, tha i a' toirt a' phàipeir bhuapa.

Tha an SEÀIRDSEANT a' cumail air le ceistean.

SEÀIRDSEANT

A bheil duine agaibh eòlach air Baile nam Muc?

Tha EILIDH a' coimhead suas bhon sgrìobhadh aice.

EILIDH

Chuala mi an t-ainm.

SEÀIRDSEANT

Nach inns thu dhuinn càit a bheil e ma tha.

EILIDH

Bhiodh Cairistiona a' bruidhinn mu dheidhinn. Ach thuir i nach robh leithid a dh'àite ann.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Fhuair sinne dà litir ann an seòmar Cairistiona agus Baile nam Muc air ainmeachadh annta.

UILLEAM

Ò seadh, 's bha sibh a' smaoineachadh gur e cuideigin againne a sgrìobh na litrichean?

SEÀIRDSEANT

Bha sinn dìreach airson dèanamh cinnteach.

EALASaid

Ach cuin a dh'fhalbhas an t-amharas?

SEÀIRDSEANT

Falbhaidh an t-amharas nuair a gheibh sinn a-mach cò mhurt Cairistiona. Nise, Eilidh, inns dhuinn barrachd mu deidhinn fhèin agus Baile nam Muc.

Tha EILIDH caran nearbhasach 's a h-uile duine eile a' coimhead oirre.

EILIDH

Uill, aon uair bha i a' bruidhinn air làithean a h-òige agus nuair a bha i san sgoil. Cha do chòrd an sgoil rithe idir. 'B' fheàrr leam a bhith ann am Baile nam Muc', chanadh i. Nuair a dh'fhaighnich mi dhi mu dheidhinn, thuirt i gur e bh' ann ach ainm a rinn cuideigin suas. Mar gum biodh àite sam bith na b' fheàrr na an sgoil - fiù 's àite le ainm mar Baile nam Muc.

SEÀIRDSEANT

Tapadh leat, Eilidh. Nise, a h-uile duin' agaibh, smaoinichibh gu cruaidh. An do bhruidhinn Cairistiona uair sam bith air na litrichean a bhiodh i a' faighinn? An do dh'ainmich i duine sam bith a bhiodh a' sgrìobhadh thuice?

EALASaid

Cha bhiodh i a' faighinn mòran litrichean. Bhiodh cairtean a' tighinn thuice aig àm na Nollaig - cha bhiodh mòran gun teagamh.

SEÀIRDSEANT

Tha sin feumail.

Tha an SEÀIRDSEANT a' coimhead air a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL. Tha ise a' crathadh a cinn.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Cha robh mìr den t-seòmar nach do sgrùd sinn, 's cha robh aon chairt Nollaig ann.

EILIDH

Thàinig cairtean thuice o chionn a dhà no trì làithean. Thog mise iad 's dh'fhàg mi iad air a' bhòrd san trannsa mar a b' àbhaist.

SEÀIRDSEANT

'S an do thog duine eile agaibh na cairtean sin?
An do mhothaich sibh dhaibh?

Tha crathadh chinn air feadh an t-seòmair.

SEÀIRDSEANT

Uill, ma thog i fhèin iad, càit a bheil iad a-nise?

Agus mura do thog Cairistiona iad, thog cuideigin iad.

Ach cò?

5. CIDSIN DHÒMHNAILL AONGHAIS DHUIBH

Tha MÀIRI trang mun stòbh 's pana brot aice ga theasachadh. Tha am bòrd air a dheasachadh airson biadh do dhithis. Tha MÀIRI le aodach dorcha oirre fon an aparán.

Chan eil sgeul air sgeadachadh na Nollaig.

Tha an doras a-muigh a' fosgladh agus tha DÒMHNALL & CALUM BEAG a' tighinn a-steach. Tha deiseachan dorcha orra.

DÒMHNALL

Tha thu sin. Tha bàrr fuar oirre nise.

MÀIRI

Siuthadaibh, thigibh chun a' bhùird 's gum blàthaich am brot sibh. Siuthad, a Chalum, suidh a-staigh, 's gabh rudeigin mus dèan thu air an taigh.

Tha MÀIRI a' cur brot dha na truinnsearan. Tha na fir a' suidhe.

CALUM BEAG

Mòran taing, a Mhàiri. Tha seo a' coimhead math.

DÒMHNALL

Gabh fhèin an t-altachadh, a Chalum.

CALUM BEAG

A Thì Naoimh is Uile-bheannaichte, tha sinn a' toirt buidheachas dhut airson gach nì. Dèan sinn taingeil airson d' uile mhaitheis dhuinn is bi a' cuimhneachadh oirnn aig an àm seo. Math dhuinn ar peacannan, air sgàth Chrìosda, Amen.

MÀIRI

Bidh greis bho ghabh sibh grèim. Ghabh mi fhèin
truinnsear an dèidh dhomh tilleadh às an eaglais.
Thàinig Seasaidh a-steach còmhla rium.

Tha DÒMHNALL a' dèanamh osna mhòr.

DÒMHNALL

Uill, abair faochadh dhan teaghlach, uill, do
bhràthair Cairistiona, an latha ud fhaighinn
seachad. Chan eil cuimhn' a'm cuin a chunna mi na
bha siud ann an cladh Bhaile Thorcaill.

MÀIRI

Agus bha an eaglais làn. A-mach air
an doras. Coigrich cuideachd - uill,
feadhainn nach aithnicheadh sinne co-
dhiù. Coinneach? Nach e sin an t-ainm
a tha air a bràthair. Cha bhithinn
air aithneachadh. Siuthadaibh a-nise,
mus fhàs e fuar.

Tha MÀIRI ag obair eadar am bòrd is an stòbh 's i a'
dèanamh poit tì fhad 's a tha an còmhradh a' dol air
adhart. Tha na fir ag òl a' bhrot 's ag ithe aran is ìm.

CALUM BEAG

Bliadhnaichean o dh'fhalbh e às a
seo. Tha iad ag ràdh gur ann an
Ameireaga a tha e nise. Obair na h-
ola, saoilidh mi.

MÀIRI

'S fhad' o bha e staigh roimhe. Abair
turas brònach. Saoil am fuirich e gus
am faigh iad fuasgladh air an rud
uabhasach a thachair?

CALUM BEAG

Chuala mi gun do thabhainn na Gòrdanaich an Taigh Mòr dha, ach bha e na b' fheàrr dha a h-uile rud a dhèanamh na dhòigh fhèin.

DÒMHNALL

Bha na poilis anns an eaglais agus aig a' chladh.

MÀIRI

Bhiodh sin caran mì-chofhurtail dha bràthair. Chan eil fhios dè am feum a bha sin a' dol a dhèanamh dhaibh.

DÒMHNALL

Uill, chan eil fhios a'm mun sin. Bha mi fhìn is Calum dìreach a' bruidhinn mu dheidhinn air an rathad dhachaigh. Alasdair Sheumais a thuirt rinn gun robh dithis choigreach anns a' chladh a thog sùil an t-seàirdseant. Chunnaic Alasdair e a' dol a bhruidhinn riutha.

MÀIRI

Chan fhaigh mòran seachad air Alasdair.

CALUM BEAG

Bha e air dheireadh oirne. Chunnaic e an dithis nan seasamh pìos air falbh, aig seann uaigh, ach greis an dèidh dhan t-Seàirdseant bruidhinn riutha, ghluais iad gu uaigh Cairistiona.

MÀIRI

'S iongantach mura h-eil càirdean eile ann air nach eil sinne eòlach. Caraidean fiù 's.

CALUM BEAG

Bha iad sgeadaichte airson adhlacadh co-dhiù -
còtaichean dorcha.

MÀIRI

Saoil dè an aois a bha iad?

DÒMHNALL

Doirbh a dhèanamh a-mach shaoilinn - 's a h-uile
fear a bh' ann cho coltach ri chèile - ann an
aodach dorcha. Ach cha robh iad òg, òg, thuirt
Alasdair.

MÀIRI

Ach 's dòcha gur e poilis eile a bh' annta?

DÒMHNALL

Ò chan e. Thuirt Alasdair gun robh iad air an
aiseag sa mhadainn le càr beag, geal. Chan e sin
an seòrsa càir a bhiodh aig poilis sam bith.

MÀIRI

Chan fhaigh duine aca far an eilein an-diugh
tuilleadh. Chan eil aiseag ann a-nise gu madainn.

CALUM BEAG

Bidh iad san taigh-òsta shaoilinn - Taigh-òsta a'
Chladaich. Chan eil cus roghainn aca ann a sheo.

MÀIRI

Cha chuala Alasdair - beul an latha - an còrr mun
rannsachadh? A bheil iad sìon nas fhaisge air
faighinn a-mach cò rinn e?

CALUM BEAG

Cha chuala e smid. Tha na poilis air an t-àite a chur bun-os-cionn a' rannsachadh, 's tha iad air bruidhinn ris a h-uile mac màthar againn. Cò aig tha fios nach fhada o thug am murtair a chasan leis às a seo!

DÒMHNALL

Chan eil càil a choltas gu bheil cabhag air an t-Seàirdseant ud gu falbh. 'S fheudar gu bheil e cinnteach gu bheil murtair nar measg.

Tha MÀIRI a' lìonadh cupa tì dhaibh uile.

DEIREADH SEALLADH 5

6. ANN AN OIFIS A' PHOILIS

Tha na poilis air oifis shònraichte a stèidheachadh ann an togalach faisg air an taigh mhòr - na bhroinn tha e coltach ri talla baile. Tha cùirtearan aig aon cheann mar gum biodh iad a' falach àrd-ùrlar agus tha grunn uinneagan mun cuairt 's na cùirtearan air an tarraing.

Tha clàr mòr air a' bhalla, eadar dà uinneig, air a bheil dealbhan-camara de dhaoine, àiteachan is eile crochte.

Tha bùird bheaga coltach ri deasgaichean mun cuairt le pìosan pàipeir, coimpiutair agus fòn orra. Tha poileas agus bana-phoileas aig a dhà dhiubh sin - ag obair air coimpiutair agus fòn.

Tha bòrd geal le trì casan ann am meadhan an làir - tha dealbhan-camara air a' bhòrd, leithid broinn seòmar-cadail Cairistiona, an t-aodach-leapa a cheangail i agus na litrichean a fhuaire i. Tha pìosan dhen bhòrd fhathast falamh, agus air an gabh sgrìobhadh. Tha peann dubh air sgeilp bheag fòn chlàr.

Tha an CEANNARD na sheasamh ri taobh a' bhùird. Tha an SEÀIRDSEANT, MACRATH, MACLEÒID agus a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL nan suidhe mu choinneimh.

CEANNARD

Seadh ma tha, a Sheàirdseant Mhic Ille Dhuibh, nach toir thu sinn tron t-suidheachadh 's inns dhuinn dìreach càit a bheil no nach eil sinn leis a' ghnothaich seo?

Tha an SEÀIRDSEANT a' seasamh agus a' dol gu aon taobh dhen bhòrd gheal.

SEÀIRDSEANT

Tha fios againn uile air eachdraidh na cùise, ach 's e an fhìrinn nach eil sinn mòran nas fhaisge air a' cheist fhuasgladh. Fhuair an corp air taobh a-muigh an taighe agus bho na chunnaic sinn san t-seòmar-cadail, tha e glè choltach gun deach Cairistiona a-mach air an uinneig am feasgar a chaidh a murt. Ach cò mhurt i? Agus càite?

Tha an SEÀIRDSEANT a' sgrìobhadh Cò? agus Càite? air a' bhòrd.

SEÀIRDSEANT

Bha Macleòid an seo den bheachd gun deach a marbhadh astar bhon taigh agus an uair sin gun deach an corp a ghluasad.

MACLEÒID

Tha mi a' smaoinichadh sin fhathast.

Tha bana-phoileas eile a' tighinn thuca le treidhe de chupannan cofaidh. Tha i a' toirt cothrom dhan CHEANNARD agus dhan t-SEÀIRDSEANT an toiseach. Tha iad le chèile a' gabhail balgam.

SEÀIRDSEANT

Tapadh leat.

Seadh ma tha. Nach smaoinich sinn air a dhà no trì rudan.

An ròp? Carson nach robh miann aig Cairistiona gum biodh fios aig muinntir an taigh' mhòir gun robh i a-muigh?

Na litrichean? Cò chuir iad? Baile nam Muc?

Agus na cairtean Nollaig? Càit an deach iad?

An càr geal a chunnacas faisg air Sealladh Mara agus na coigrich a thàinig chun an tiodhlacaidh?

CEANNARD

Uill, saoilidh mise gum bu chòir dhut innse dhuinn an toiseach ciamar a chaidh dhut leis na coigrich sin. Bhruidhinn thu riutha, nach do bhruidhinn?

SEÀIRDSEANT

Rinn mi sin, ach saoilidh mi gum b' fhiach barrachd ceasnachaidh a dhèanamh orra. Bha iad gu bhith a' fuireach ann an Taigh-òsta a' Chladaich.

CEANNARD

Uill, dè fhuair thu a-mach às a' chiad cheasnachadh?

Tha an SEÀIRDSEANT a' toirt a-mach leabhar beag agus a' dol tro na notaichean aige.

SEÀIRDSEANT

Seumas Mac na Ceàrdaich agus Seòras Friseal - le chèile a' fuireach air tìr-mòr an-diugh, ach bha iad eòlach air Cairistiona san àrd-sgoil - bha iad uile ann an Sgoil Mhòr Chnoc a' Bhàigh aig an aon àm.

Bha fear aca, Seòras, a' falbh le Cairistiona aig an àm sin ach a rèir na thuirt e fhèin, cha do sheas an càirdeas ach dà bhliadhna.

ACH bhiodh e a' cur cairt Nollaig thuice a h-uile bliadhna ged nach biodh e a' faighinn tè air ais. AGUS chuir e tè thuice am-bliadhna - ged nach d' fhuair sinne lorg oirre.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Feumaidh gun robh càirdeas air choreigin fhathast ann ma thàinig iad fad na slighe seo gu tiodh-lacadh?

SEÀIRDSEANT

Uill, bha coltas brònach air an dithis aca gun teagamh, gu h-àraidh air Seòras. Thuirt e gum feumadh iad tighinn nuair a chual' iad an naidheachd.

A MhicLeòid, nach inns thusa dhuinn dè bha aca ri ràdh mu Bhaile nam Muc?

Tha MACLEÒID a' toirt a-mach an leabhair bhig aige fhèin agus a' dol tro na notaichean 's e fhathast na shuidhe.

MACLEÒID

Leis an fhìrinn bha barrachd fios agamsa mu Bhaile nam Muc na bha acasan - 's cha robh sin cus. Dh'fhaighnich mi dhaibh mu dheidhinn na bu tràithe sa chòmhradh 's cha chuala a h-aon aca riamh mu dheidhinn. Ach dìreach mus do leig mi leotha falbh, nach ann a dh'fhaighnich iadsan dhòmhsa mu dheidhinn - dh'fhaighnich am fear ud, Seumas.

CEANNARD

Agus?

MACLEÒID

Uill, dh'inns mi dha mun stòiridh a bha aig Eilidh, searbhant' an Taighe Mhòir, agus bha e follaiseach nach robh e a' dèanamh ciall sam bith dhaibhsan.

MACRATH

Tha ceist agamsa.

CEANNARD

'S dè a' cheist a tha sin?

MACRATH

Nach e càr geal a bha aig an dithis sin?

MACLEÒID

'S e, ach dhearbh sinn nach robh càr geal air an aiseag air an latha a chaidh Cairistiona a mhurt.

CEANNARD

Dè th' air cùl do cheist, a MhicRath?

MACRATH

Uill, tha càr mar sin - Astra geal - ri fhaotainn air mhàl ann an Garaidh an Rubha ann an Tobar na Creige. Thuirt fear dhiubh sin gun robh ceangal aige ris an sgìre. Dh'fhaodadh e a bhith air tighinn roimhe, gun chàr, 's cha bhiodh for aig muinntir na h-aiseig mu dheidhinn. Can gun tàinig e, fhuair e càr air mhàl, agus 's air adhbhar air choreigin mhurt e Cairistiona.

CEANNARD

Tha cus de cho-thachartas an cois sin. An tigeadh e chun an tiodhlacaidh aice leis an aon seòrsa càir 's a chleachd e an oidhche a rinn e murt?

SEÀIRDSEANT

Chan e sin a-mhàin, ach tha fianaisean againn gun robh an dithis fhathast air tìr-mòr gu còig uairean an latha a chaidh Cairistiona a mharbhadh. Cha bhiodh iad air aiseag fhaighinn às dèidh sin.

CEANNARD

Tha thu ceart do bheachdan a chur an cèill, a MhicRath, ach bha an Seàirdseant ceum no dhà air thoiseach ort.

SEÀIRDSEANT

Co-dhiù tha sinn a' dol a bhruidhinn riutha a-rithist.

Tha an SEÀIRDSEANT a' sgrìobhadh Friseal agus Mac na Ceàrdaich air a' bhòrd gheal.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Dè an seòrsa cosnaidh a th' aca?

MACLEÒID

Tha Seòras ag obair ann an oifis agus tha am fear eile ag obair ann am bùth.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Dè an seòrsa bùtha?

MACLEÒID

Bùth a bhios a' reic cruaidh-bhathar, tha e coltach.

MACRATH

Nach e cruaidh-bhathar a th' ann an gunnaichean?

MACLEÒID

'S dòcha!

CEANNARD

'S dòcha gu bheil sin a' cur taic ri na thuirte MACRATH an seo.

SEÀIRDSEANT

Ach bha iad le chèile aig an obair an latha a chaidh a murt agus cha robh dòigh aig fear seach fear aca a bhith ann am Baile Thorcaill.

CEANNARD

Beachdan sam bith eile?

BANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Tha mise den bheachd gur e cuideigin às an àite seo fhèin a mharbh i.

CEANNARD

Siuthad, lean ort, a NicDhòmhnaill.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Tha fhios againn gun deach Cairistiona a-mach air an uinneig, agus feumaidh gur ann airson coinneachadh ri cuideigin a b' aithne dhi.

Agus, bha i a' dol a choinneachadh ri cuideigin a bha eòlach timcheall air Sealladh Mara. Tha mise den bheachd gur ann an sin fhèin a chuir iad eòlas air a chèile.

SEÀIRDSEANT

A bheil thu ag ràdh gur e cuideigin às an Taigh Mhòr fhèin a rinn seo?

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Sin an t-amharas a th' agam. Faireachdainn a thàinig thugam bho thòisich sinn a' bruidhinn an seo.

CEANNARD

Feumaidh sinn barrachd air faireachdainn. Feumaidh sinn rudeigin cruaidh air an gluais sinn.

MACLEÒID

Saoilidh mise gum bu chòir dhuinn bruidhinn ris an dithis eile an toiseach.

SEÀIRDSEANT

Friseal agus Mac na Ceàrdaich?

Tha an SEÀIRDSEANT a' cur loidhne fon ainm aca air a' bhòrd gheal.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Ach na litrichean, Baile nam Muc, na cairtean Nollaig. Tha cnag na cùise an crochadh air Sealladh Mara.

SEÀIRDSEANT

Ceart ma tha. Le cead a' Cheannaird rach thusa, a MhicLeòid agus a NicDhòmhnaill, chun an taigh-òsta agus bruidhnibh ri Friseal 's ri Mac an Ceàrdaich. Nì mi fhìn 's MACRATH tuilleadh rannsachaidh mun Taigh Mhòr sa mhadainn. Tha beàrnan gu leòr againn ri lìonadh fhathast.

DEIREADH SEALLADH 6

7. SEÒMAR-SUIDHE ANN AN TAIGH-ÒSTA A' CHLADAICH

Tha MACLEÒID agus Sìne NicDhòmhnaill, a' BHANA-PHOILEAS, ann an seòmar-suidhe an taigh-òsta. Tha an dithis aca ann an èideadh poilis agus nan seasamh. Tha trì sòfathan car mòr anns an rùm agus bòrd beag ann am meadhan an ùrlair. Tha seallaidhean beaga Gàidhealach air na ballaichean. Tha telebhisean ann an aon oisean agus tha preasa leabhraichean anns an oisean eile. Tha TÈ-FHRITHEALOIDH (19) a' cur cofaidh do cheathrar agus truinnsear bhriosgaidean air a bhòrd.

TÈ-FHRITHEALOIDH

Cuidichibh sibh pèin. Chuir mi fios air an dithis aoighean a dh'ainmich sibh. Chunnaic mi iad anns a' bhàr a-cheana. Tha mi 'n dòchas nach eil iad ann an trioblaid sam bith. Tha coltas gu math àbhaisteach orra. Tha fios nach eil gnothach aig a seo ris a' mhurt?

Tha a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL a' toirt droch shùil oirre.

MACLEÒID

Tapadh leat airson a' chofaidh.

Tha an TÈ-FHRITHEALOIDH a' leth-dhùnadh a sùilean agus a' fàgail an rùm.

MACLEÒID

Och... 'S e bhiodh math ach pinnt mhòr seach cofaidh.

Chan eil cus dìomhair anns an àite seo.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Thusa agus do chuid òl! Chan eil i ach mar a tha a h-uile duine sa bhaile - airson fuasgladh fhaicinn air a seo, 's gum faigh sinn uile tàmh na h-oidhche.

Tha MACLEÒID air tòiseachadh a' faighinn dhan dithis aca.

MACLEÒID

Uill, feumaidh an cofaidh a' chùis a dhèanamh ma tha! Nise, dè mu...

Dìreach an uair sin tha an doras a' fosgladh agus tha MAC NA CEÀRDAICH agus am FRISEALACH a' coiseachd a-steach. Tha glainne leann aig an dithis.

MACLEÒID

Tapadh leibh - nach suidh sibh.

Tha iad a' suidhe ri taobh a chèile air an aon shòfa. Tha a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL a' suidhe air an fhear eile pìos bhupa, 's a' toirt a-mach leabhar beag is peann.

Tha MACLEÒID a' fuireach na sheasamh, ach a-mhàin a' cromadh gus an cofaidh a dhòrtadh.

Tha a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL a' crathadh a cinn nuair a tha e a' comharrachadh gun lìon e cupa dhi.

MACLEÒID

MacLeòid a th' ormsa agus seo a' Bhana-phoileas NicDhòmhnaill. Bidh fios agaibh carson a tha sinn gur ceasnachadh.

FRISEAL

'S mise Seòras Friseal. 'S cinnteach nach eil sinne fo amharas sam bith. Cha robh sinne faisg a mhìle air Baile Thorcaill an oidhch' ud.

MACLEÒID

Dh'inns thu dhuinn mar-thà mun eòlas a bha agad air Cairistiona - faodaidh sinn sin fhàgail an-dràsta. Nise, dè an obair a th' agad?

FRISEAL

Tha mi ag obair ann an oifis - cunntasair a th' annam - aig Ceimigeachd na h-Alba Earranta. Companaidh mhòr. Bidh mi a' cuideachadh leis na leabhraichean.

Tha am FRISEALACH a' cur na glainne air a' bhòrd.

MACLEÒID

Bidh thu air do chumail trang ma tha. Dè na cur-seachadan a th' agad?

FRISEAL

Chan eil mi a' faicinn dè an ceangal a tha aig a sin ri mo thuras gu Baile Thorcaill.

Tha MACLEÒID a' coimhead air 's a' feitheamh.

FRISEAL

Uill, 's toigh leam goilf agus bidh mi a' losgadh air calmain-chreàdha - aig farpaisean.

MACLEÒID

Seadh! 'S am bi thu a' buannachadh?

FRISEAL

Uaireannan.

MACLEÒID

'S fheudar gu bheil deagh làmh agad air a' ghunna.
An ann a-mhàin air calmaid-chrèadha a bhios tu a'
losgadh?

FRISEAL

'S ann... dè tha thu a' ciallachadh le sin?

MACLEÒID

Càit am bi thu a' faighinn nan gunnaichean?

FRISEAL

Uaireannan bidh mi a' cleachdadh gunnaichean a'
chlub, 's uaireannan eile, mo ghunnaichean fhèin.

MACLEÒID

Freagair a' cheist. Càit am bi thu gam faighinn?

FRISEAL

Uill bidh mi gan ceannach bho Sheumas an seo.

Tha am FRISEALACH a' tionndadh gu MAC NA CEÀRDAICH a bha
dìreach gus balgam a ghabhail às a' ghlainne aige.

MACLEÒID

Seadh, a Sheumais Mhic na Ceàrdaich, an e sin do
dhreuchd-sa? A' reic ghunnaichean?

MAC NA CEÀRDAICH

Am measg iomadh rud eile. Tha bùth agam, a' reic
cruaidh-bhathar. Geataichean, lampaichean, iomadh
rud a bharrachd air gunnaichean.

MACLEÒID

'S am bi thusa a' losgadh air calmain-chrèadha?

MAC NA CEÀRDAICH

Cha bhi. Bidh mi a' leughadh 's ag èisteachd ri ceòl.

MACLEÒID

An ann leat fhèin a tha a' bhùth?

MAC NA CEÀRDAICH

'S ann. Carson?

MACLEÒID

A thuilleadh air do charaid an seo, cò eile a bhios a' ceannach ghunnaichean bhuat? Dè an seòrsa dhaoine? Agus dè an seòrsa ghunnaichean?

MAC NA CEÀRDAICH

A h-uile seòrsa - air feadh na dùthcha. Bidh daoine a' sgrìobhadh a dh'iarraidh ghunnaichean agus rudan eile.

MACLEÒID

'S am bi thu a' rannsachadh nan daoine ris am bi thu gan reic?

MAC NA CEÀRDAICH

Chan e sin mo ghnothach-sa. Neach-malairt a th' annam. Ach tha sgeul agam air ainm is seòladh gach neach ris am bi mi gan reic.

MACLEÒID

Agus an do reic thu gunna ri duine sam bith anns a' cheàrnaidh seo, can sa bhliadhn' a dh'fhalbh?

MAC NA CEÀRDAICH

Reic. Ri Uilleam Gòrdan, aig Sealladh Mara. Chuir mi gunna thuige air a' phost.

Tha MACLEÒID a' coiseachd chun na BANA-PHOILIS NICDHÒMHNAILL agus a' bruidhinn ann an guth socair. Tha ise a' gnogadh a cinn 's tha MACLEÒID a' tilleadh chun a' bhùird.

MACLEÒID

Dè an seòrsa gunna a chuir thu thuige?

MAC NA CEÀRDAICH

Eilid BB a bh' ann.

MACLEÒID

'S cuin a bha seo?

MAC NA CEÀRDAICH

Chan eil mi buileach cinnteach. Dh'fheumainn sùil a thoirt air na leabhraichean, ach 's dòcha suas mu mheadhan an fhoghair.

MACLEÒID

Gabh mo leisgeul.

Tha MACLEÒID a' coiseachd a-mach às an t-seòmar. Cluinnidh sinn bragadaich an rèidio aige agus e fhèin a' tòiseachadh air còmhradh ri cuideigin. San t-seòmar tha am FRISEALACH agus MAC NA CEÀRDAICH a' coimhead air a chèile agus a' gabhail balgam den deoch aca. Tha a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL a' sgrìobhadh.

Chan fhada gus an till MACLEÒID. Tha e a' dol air ais far an robh e na sheasamh roimhe.

MACLEÒID

Ceart. Chan eil an còrr cheistean agam dhuibh - aig an àm seo. Ach fuirichibh san taigh-òsta gus an toir sinne dhuibh cead a dhol dhachaigh.

Tha am FRISEALACH a' tràghadh an leann aige agus tha e fhèin is MAC NA CEÀRDAICH a' seasamh. Tha an dithis a' brunndail mu obair-oifis is bùth, ach chan fhada gus a bheil iad a-mach doras an t-seòmair-suidhe.

BANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Uill?

MACLEÒID

Feumaidh mo phinnt feitheamh greis fhathast. Tha sinne a' dol gu Sealladh Mara.

Tha ise a' seasamh 's a' dùnadh an leabhair aice.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Carson?

MACLEÒID

Cha do leig an Gòrdanach air gun robh gunna Eilid BB aige - dìreach dà ghunna seilge.

A' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL

Agus?

MACLEÒID

Cheannaich e Eilid BB bhon duine ud, Mac na Ceàrdaich, agus 's ann à Eilid BB a thàinig na peilearan a mharbh Cairistiona.

Tha iad a' toirt leotha na bh' aca a' tighinn agus a' coiseachd a-mach an doras.

DEIREADH SEALLADH 7

8. SEÒMAR-SUIDHE AN TAIGHE MHÒIR

Tha e rèidh le gleans às gach pìos àirneis agus tha teine mòr air. Tha EALASOID a' tighinn a-steach an doras agus ga leantainn tha an SEÀIRDSEANT, MACLEÒID agus a' BHANA-PHOILEAS NICDHÒMHNAILL. Chan eil coltas ro thoilichte air EALASOID.

EALASOID

Siuthadaibh. Dèanaibh sibh pèin aig an taigh. Canaidh mi ri Uilleam gu bheil sibh an seo agus ag iarraidh bruidhinn ris. A bheil sibh ag iarraidh bruidhinn ri duine sam bith eile?

SEÀIRDSEANT

Chan eil an-dràsta. Dìreach Maighstir Gòrdon fhèin, taing.

EALASOID

An gabh sibh tì no cofaidh?

Tha an SEÀIRDSEANT a' freagairt dhaibh uile.

SEÀIRDSEANT

Cha ghabh, ach tapadh leibh. Cha bhi sinn fada, tha mi 'n dòchas.

Tha EALASOID a' fàgail 's a' dùnadh an dorais às a dèidh. Tha an triùir nan seasamh ann am meadhan an t-seòmair.

SEÀIRDSEANT

Nì mi fhìn an ceasnachadh. A MhicLeòid, cùm notaichean.

Tha UILLEAM a' tighinn a-steach. Tha leabhar aige na làimh. Chan eil esan a' coimhead ro thoilichte am poileas fhaicinn a-rithist nas motha. Tha e a' coiseachd suas chun an àite-teine agus a' seasamh air a bheulaibh.

UILLEAM

Seadh, a Sheàirdseant, dè nì mi dhuibh an turas seo?

SEÀIRDSEANT

Càit an d' fhuair thu na gunnaichean?

Tha UILLEAM a' dèanamh osna.

UILLEAM

Cheannaich mi iad air tìr-mòr 's mi air turas o chionn fichead bliadhna no mar sin. Carson a tha sibh a' faighneachd mun deidhinn agus dearbhadh agaibh mar-thà nach b' e fear seach fear aca a loisg na peilearan a mharbh Cairistiona?

SEÀIRDSEANT

'S chan eil agad ach an dà ghunna? An fheadhainn a thug thu dhuinn?

UILLEAM

Chan eil. 'S cha bhi mi gan cleachdadh ach nuair a bhios mi a' sealg air oighreachd a' mhàidseir. Mar a thuirt mi ribh. Sin agaibh an fhìrinn.

SEÀIRDSEANT

Dè mun ghunna a chuir thu a dh'iarraidh air Seumas Mac na Ceàrdaich air a' phost? Am fear a fhuair thu as t-fhoghar sa chaidh?

Tha e a' gnogadh a chinn a dh'ionnsaigh MHICLEÒID.

MACLEÒID

Thèid gach nì a their thu a sgrìobhadh 's faodar a chleachdadh mar theisteanas cùirte. Carson nach do dh'inns thu dhuinn mun ghunna eile?

Tha UILLEAM ag èigheach.

UILLEAM

Dè tha sibh a' feuchainn ri chur às mo leth? Chan eil a' dol dhuibh ro mhath leis an rannsachadh, a bheil? 'S tha sibh a' tighinn an seo agus a' feuchainn ri rudeigin a thilgeil ormsa. Thug mise dhuibh gach cuideachadh an dèidh bàs Cairistiona.

SEÀIRDSEANT

A rèir coltais cha tug. Chleith thu gu bheil gunna eile agad. Eilid BB. An seòrsa gunna as an tàinig na peilearan a thug am bàs do Chairistiona. Càit a bheil an gunna sin?

UILLEAM

Chan eil a leithid de ghunna agam. Sin an fhìrinn.

Tha UILLEAM a' coimhead car mì-chinnteach às fhèin.

SEÀIRDSEANT

A MhicLeòid, nach inns thu dha mar a tha sinne
a' faicinn chùisean mura h-eil e a' dol a
dh'aideachadh ris an nì air a bheil fios
againn.

Tha MACLEÒID a' dol tron leabhar bheag aige fhad 's a
tha e a' bruidhinn.

MACLEÒID

Tha amharas againne gur tusa a mhurt Cairistiona.
'S mura h-inns thu dhuinn mun ghunna eile, 's ann
as motha a bhios an t-amharas sin.

Tha fios againn gun do chuir thu a dh'iarraidh
gunna air Mac na Ceàrdaich, 's chan eil adhbhar
sam bith agad sin a chleith ma tha thu
neoichiontach. Seo mar a tha...

Tha UILLEAM a' bristeadh a-steach air a' chòmhradh le
guth mòr.

UILLEAM

Cha do chuir mi a dh'iarraidh gunna agus chan eil
gunna eile agam.

MACLEÒID

Chan eil an dealbh iomlan againn fhathast, ach
thig sin. Seo mar a thachair.

Dh'iarr thu air Cairistiona do choinneachadh an
àiteigin an oidhche ud, ach mhaoidh thu oirre nach
fhaodadh neach sam bith a faicinn a' dol a-mach às
an taigh. Sin a thug oirre anart na leapa a
cheangal ri chèile 's a dhol a-mach air an uinneig
an dèidh do chàch a dhol a chadal. Bha i umhail
dhut mar shearbhanta 's rinn i mar a dh'iarr thu.
'S dòcha gur e airgead a thairg thu dhi.

Tha UILLEAM a' stàrachd 's a' crathadh a chinn.

MACLEÒID

Dh'fhalbh sibh astar bhon taigh 's mharbh thu i leis a' ghunna a chuir thu a dh'iarraidh air Mac na Ceàrdaich.

Carson a mharbh thu i?

Bha fios aice air rudeigin mud dheidhinn, rudeigin a bha thusa ag iarraidh a chleith. Chan eil fhios againn fhathast dè bha sin, ach gheibh sinn a-mach.

Mharbh thu i astar bhon taigh 's an uair sin thug thu an corp aice chun an àite san d' fhuair e sa mhadainn.

Tha an SEÀIRDSEANT a' gabhail thairis.

SEÀIRDSEANT

Nach e sin a thachair?

Na cairtean Nollaig nach d' fhuair i riamh?

Loisg thu iad, seach nach fhuilingeadh tu an toileachas sin fhèin a bhith aice.

Agus an dà litir? Carson nach robh iad ann an cèisean? Cha robh seach nach tàinig iad air a' phost a-riamh. 'S tusa a sgrìobh iad.

UILLEAM

Ach rinn sibh sgrùdadh air làmh-sgrìobhaidh gach duine againn an seo!

SEÀIRDSEANT

Ach dh'fhoillsich tuilleadh sgrùdaidh nach b' ann idir ann an làmh-sgrìobhaidh nàdarra a bha iad. Dh'atharraich thu do làmh-sgrìobhaidh.

Agus Baile nam Muc? Bha thusa air na sgeulachdan a chluinntinn agus bha do bheachdan fhèin agad air Baile nam Muc, nach robh?

Tha UILLEAM ag èigheach.

UILLEAM

Fòghnaidh sin. Tha mise ag iarraidh fear-lagha. Facal cha tig às mo bheul gus am bi esan rim thaobh.

SEÀIRDSEANT

Gheibh thu fear-lagha nuair a chuireas sinn an grèim thu.

Tha an doras a' fosgladh agus tha EALASaid a' tighinn a-steach na cabhaig.

EALASaid

Dè an èigheachd a tha seo?

Tha i a' coiseachd a-null gu UILLEAM agus a' seasamh ri thaobh.

UILLEAM

An creideadh tu? Tha iad a' smaoinichadh gur mise a mharbh Cairistiona! An cuala tu aon chàil riamh na do bheatha cho gòrach. 'S tha iad ag ràdh gu bheil trì gunnaichean agam, 's nach e dhà, gun d' fhuair mi gunna eile as t-fhoghar agus gun do mharbh mi Cairistiona leis. An ainm an Rìgh, inns dhaibh nach eil agam ach dà ghunna.

Tha MACLEÒID a' cur na ceist air EALASaid.

MACLEOID

Cia mheud gunna a tha aige?

EALASaid

Cha bhi mise a' gabhail gnothach ri na rudan sin.
Ma tha e ag ràdh nach eil aige ach dà ghunna, 's e
dà ghunna a th' aige.

SEÀIRDSEANT

Agus nan innsinn dhut gu bheil trì aige, ged nach
do dh'aidich e ach ri dhà dhiubh, dè theireadh tu
an uair sin?

EALASaid

Chan eil mise a' dol a ràdh aon fhacal mun chùis,
ach a-mhàin nach eil mi a' gabhail gnothaich ri dè
bhios an duine agam a' ceannach. Chan eil fhios
agam air nì mu bheil sibh a' bruidhinn. Ach their
mi aon rud. Chan e murtair a th' ann an Uilleam.

SEÀIRDSEANT

Feumaidh sinne a dhol a rèir an fhiosrachaidh a
tha sinn a' faighinn agus am fiosrachadh a tha ag
innse dhuinn gun do chuir do chèile a dh'iarraidh
gunna as t-fhoghar, gunna den t-seòrsa a mharbh an
t-searbhanta, agus gu bheil e a' dol às àicheadh
gu bheil a leithid de ghunna aige.

Tha UILLEAM ag èigheach.

UILLEAM

Dha-rìribh tha mi a' dol às àicheadh. Cha do rinn mi leithid de rud. Cha do chuir mi a dh'iarraidh gunna agus cha do mharbh mi Cairistiona. A bheil e comasach do na h-eanchainnean agaibh sin a thuigsinn.

Tha an SEÀIRDSEANT a' coimhead gu math fiadhaich, agus a' crathadh a chinn fhad 's a tha UILLEAM a' cumail air.

UILLEAM

Chan eil agam ach dà ghunna. Chunnaic sibh iad. Sgrùd sibh iad. Dh'aontaich sibh nach do loisg fear seach fear na peilearan a rinn am murt. A thuilleadh air a sin cha robh mise a-muigh air toll dorais am feasgar a chaill Cairistiona a beatha. B' fheàrr leam gun creideadh sibh sin.

Tha an SEÀIRDSEANT agus MACLEÒID a' coiseachd a-null far a bheil UILLEAM. Tha EALASOID air a clisgeadh.

SEÀIRDSEANT

Feumaidh tu tighinn còmhla rinn.

Tha UILLEAM ag èigheach.

UILLEAM

Chan eil mise a' dol a ghluasad às a seo agus sibh a' cur rud gun chiall às mo leth.

Tha MACLEÒID a' toirt glas-làimhe às a phòcaid.

MACLEÒID

A bheil thu a' tighinn còmhla rinn gu socair no am feum sinn seo a chur ort agus do shlaodadh a-mach?

Tha UILLEAM a' comharrachadh nach eil e a' dol a dhèanamh spàirn nan aghaidh. Tha e a' coiseachd chun an dorais 's an triùir phoileas às a dhèidh. Tha e a' fosgladh an dorais, 's a' coimhead air ais air EALASOID airson diog mus tèid an ceathrar aca a-mach. Tha EALASOID a' rànaich.

DEIREADH SEALLADH 8

9. SEÒMAR CEASNACHAIDH: STÈISEAN A' PHOILIS

Tha UILLEAM Gòrdan na shuidhe aig bòrd ann an seòmar ceasnachaidh a' phoilis. 'S e seòmar lom a th' ann 's gun sìon air na ballaichean. Tha bòrd na mheadhan le dà shèithear falamh air aon taobh agus an sèithear aig Uilleam air an taobh eile. Tha an SEÀIRDSEANT na sheasamh agus a chùlaibh ri doras air a bheil uinneag bheag. Tha UILLEAM a' coimhead troimh-a-chèile.

UILLEAM

Nach èist thu rium? Cha do rinn mi an rud iargalta seo. Tha mi neoichiontach.

SEÀIRDSEANT

Tha an rannsachadh a-mach às mo làmhan-sa. Tha meur eile den t-seirbheis air a' chùis a ghabhail thairis. Cha bhi iad fada. Faodaidh tu an stòiridh agad innse dhaibhsan.

Dìreach an uair sin tha an doras a' fosgladh agus tha dithis fhear àrd, ann an deiseachan àbhaisteach - MACMHATHAIN agus an ROSACH - a' coiseachd a-steach. Tha iad a' gnogadh an cinn ris an t-SEÀIRDSEANT agus a' dol chun a' bhùird far a bheil iad a' suidhe mu choinneimh UILLEIM. Tha an SEÀIRDSEANT a' fuireach far a bheil e, 's a chùl ris an doras.

MACMHATHAIN

'S mise Seàirdseant MacMhathain agus seo an Stiùireadair Rosach. Tha sinne ag obair do Bhuidheann a' Mhurt. Tha fios agad carson a tha thu an seo?

UILLEAM

Ach tha mi gu tur neoichiontach!

Tha MACMHATHAIN a' toirt a-mach leabhar beag agus peansail.

AN ROSACH

Tha dà dhòigh ann air seo a dhèanamh. Faodaidh tu co-obrachadh còmhla rinn, 's ma nì thu sin, nì sinne cùisean cho furasta dhut 's a ghabhas. Inns dhuinn gu mionaideach ciamar agus carson a mhurt thu Cairistiona Nic an t-Saoir. Ma nì thu sin, cha tig a' chùirt cho cruaidh ort.

UILLEAM

Tha thu a' bruidhinn mar nach robh teagamh sa chùis. Bha dùil agamsa gun robh duine ga mheas neoichiontach san dùthaich seo gus an deidheadh a' chaochladh a dhearbhadh. Chan eil mise a' dol a dh'aideachadh ri rud nach do rinn mi. Dè cho tric 's a dh'fheumas mi a ràdh? Cha do mharbh mise Cairistiona!

AN ROSACH

Chaidh do shearbhanta a mharbhadh le gunna dhen dearbh sheòrsa a fhuair thusa tron phost bho chionn a dhà no trì mhìosan. Chleith thu air na poilis gun robh a leithid de ghunna agad...

Tha UILLEAM ag èigheach.

UILLEAM

Agus tha mi ga chleith fhathast!

(A' socrachadh)

Chan eil agam ach dà ghunna. Sheall mi dhuibh iad. Rinn sibh sgrùdadh orra.

Agus, dh'aontaich sibh nach b' e fear seach fear aca a loisg na peilearan a mharbh Cairistiona.

AN ROSACH

Ach dè mun ghunna eile? Carson a tha thu a' dol às àicheadh gun do chuir thu ga iarraidh, gun do phàigh thu air a shon le seic agus gun tàinig e thugad air a' phost?

UILLEAM

Cha do thachair a leithid de rud!

ROSACH

Thuirt mi riut gun robh dà dhòigh air seo a dhèanamh. Dh'inns mi dhut mun chiad dòigh. Ach, a rèir coltais 's e an dara dòigh a tha thu a' roghnachadh.

Tha an ROSACH a' suidhe air ais san t-sèithear.

AN ROSACH

Tha ùine gu leòr againne. Faodaidh sinn suidhe an seo fad na h-oidhche gus am bi sinn riarichte.

Tha an ROSACH a' tionndadh chun an t-SEÀIRDSEANT aig an doras 's a' gnogadh a chinn. Tha an SEÀIRDSEANT a' tuigsinn an stiùiridh agus a' fàgail an t-seòmair. Tha MACMHATHAIN a' tabhann toit do dh'UILLEAM.

UILLEAM

Cha ghabh, tapadh leat.

ROSACH

Càit an robh thu an oidhche a chaidh Cairistiona a mhurt?

UILLEAM

Am broinn an taighe.

ROSACH

Fad na h-oidhche?

UILLEAM

Bha.

AN ROSACH

'S e dè bha thu a' dèanamh?

UILLEAM

A' leughadh leabhar.

ROSACH

'S cha deach thu mach às an taigh idir?

UILLEAM

Cha deach. Bha mi a-staigh fad na h-oidhche. Nach deach sinn thairis air a seo roimhe?

Tha an SEÀIRDSEANT a' tighinn a-steach le trì cupannan teatha 's gan cur air a' bhòrd bheag. Tha e a' tabhann fear do dh'UILLEAM, ach tha e a' putadh a' chupa air falbh.

Tha an SEÀIRDSEANT a' togail a' chupa agus ga thoirt leis air ais gu àite fhèin aig an doras. Tha MACMHATHAIN agus an ROSACH a' tarraing cupa teatha an duine thuca fhèin.

AN ROSACH

Inns dhuinn mun cheangal a bha eadar thu fhèin is Cairistiona?

Tha measgachadh de dh'eagal is de dh'fhearg ann an guth UILLEIM. Chan eil a' cheist a' còrdadh ris.

UILLEAM

An ceangal? Dè an ceangal?

ROSACH

Chì mi nach eil thu cofhurtail leis a' cheist. Ach faighnichidh mi dhut a-rithist. Inns dhuinn mun ceangal a bha eadar thu fhèin agus Cairistiona Nic an t-Saoir.

UILLEAM

Chan eil fios agam cò air a tha thu a' bruidhinn.

Tha MACMHATHAIN a' dol air ais tro dhuilleagan an leabhair bhig aige.

MACMHATHAIN

'S fheàrr dhuinn a chur nad chuimhne. Tha fios againn gun robh thu fhèin is Cairistiona a' falbh le chèile. Cha b' e siud a' chiad uair a rinn i ròp de dh'anart na leapa airson do choinneachadh.

Tha UILLEAM a' fàs nas mì-chofhurtaile buileach. Tha e a' cur a chinn na làmhan.

MACMHATHAIN

Bha sibh an dùil gun robh an gnothach air obrachadh a-mach gu dòigheil agaibh. Ach chaidh ur faicinn, iomadh turas. 'S e an rud nach eil sinne a' tuigsinn, ciamar nach robh amharas air an fheadhainn eile san taigh mhòr gun robh seo a' dol air adhart. Ach bithidh...

UILLEAM

Cha tuirt sibh facal ri Ealasaid mu dheidhinn seo?

MACMHATHAIN

Cha tubhairt fhathast, ach mura h-inns thu dhuinn...

UILLEAM

Innsidh! Innsidh!

Tha UILLEAM a' tarraing anail mhòr agus tha MACMHATHAIN a' faighinn an leabhair agus peansail deiseil.

UILLEAM

Bha Cairistiona uabhasach aonaranach. Cha robh càirdean aice sa choimhearsnachd. Bhiodh sinn a' còmhradh. Dh'inns i dhomh mu làithean a h-òige 's làithean na sgoile.

AN ROSACH

Agus?

UILLEAM

Agus, uill, dh'fhàs sinn na b' eòlaiche air a chèile, 's thòisich sinn a' faicinn a chèile na bu trice.

ROSACH

Gun fhiosta?

UILLEAM

Cha robh sinn airson 's gum faigheadh an còrr de mhuinntir an taighe a-mach. Smaoinich sinn air dòigh air coinneachadh air cùl an taighe nuair a bhiodh iadsan an dùil gun robh Cairistiona na seòmar.

ROSACH

Cùm ort.

UILLEAM

Seachdain mus deach a marbhadh, dh'inns i dhomh gun robh dùil aice ri leanabh. Dh'aidich i fhèin nach bu mhise athair an leanaibh, ach chan innseadh i dhomh cò.

AN ROSACH

Tha fios gun robh thu fiadhaich?

UILLEAM

(Feargach)

Bha. Agus na cairtean Nollaig. Thàinig iad thuice ceart gu leòr, ach chuir mi a mhullach an teine iad.

(A' socrachadh)

Tha fios a'm ma thig seo am follais nach bi seasamh agam am baile Thorcaill gu bràth tuilleadh. Agus ma chluinneas Ealasaid mun chùis, uill...

Ach, cha bu mhise a mharbh Cairistiona. Nach eil sibh a' faicinn? Chaidh i a-mach air an uinneig a choinneachadh ri athair an leanaibh. Agus nuair a dh'inns i dha mun t-suidheachadh, mharbh esan i.

Cha do mharbh mise Cairistiona idir!

MACMHATHAIN

Agus saoil cò eile ris an robh i a' coinneachadh?

UILLEAM

Chan eil fhios agamsa. Chan innseadh i dhomh.

AN ROSACH

Chan eil mi cho cinnteach gun gabh na thuirt thu rinn a chreidsinn. Am feum sinn an corp aice a thogail airson na dh'inns thu dhuinn a dhearbhadh?

'S e an rud, tha sinn a-nise a' faicinn gun robh adhbhar agad a marbhadh.

Agus dè mun ghunna?

UILLEAM

Nach eil mi air sin a fhreagairt mìle turas. Cha do chuir mi a dh'iarraidh gunna. Nach eil sibh a' faicinn dè thachair? Ghoid cuideigin seic orm agus chuir esan a dh'iarraidh a' ghunna.

AN ROSACH

Ach bha d' ainm-sgrìobhte fhèin air an t-seic. Ciamar a mhìnicheas tu sin?

UILLEAM

Feumaidh gun do chuir cuideigin m' ainm air an t-seic.

AN ROSACH

Ann an sgrìobhadh a tha na mhac-samhail dhen ainm-sgrìobhte agad fhèin!

Tha an ROSACH a' dèanamh gàire magail.

AN ROSACH

A bheil thu dha-rìribh a' smaoinichadh gu bheil sinne cho gòrach no cho lag anns a' cheann agus gu bheil sinn a' dol a chreidsinn sin?

Tha UILLEAM ag èigheach.

UILLEAM

Cha do chuir mise a dh'iarraidh gunna. Chan eil agam ach an dà ghunna a chunnaic sibh.

AN ROSACH

Air do shocair.

Fàgaidh sinn an gunna an-dràsta. Dè 's urrainn dhut innse dhuinn mu na litrichean neònach a fhuair sinn ann an seòmar Cairistiona?

UILLEAM

Cha chuala mise mu na litrichean sin gus an deach innse dhuinn uile mun deidhinn aig Sealladh Mara.

AN ROSACH

Agus dè dh'inns Cairistiona dhut mu Bhaile nam Muc?

UILLEAM

Ainm a rinn iad suas san sgoil a bh' ann. Uaireannan nuair a bhiodh i aonaranach, chanadh i gum b' fheàrr leatha a bhith ann am Baile nam Muc. Cho fad 's as aithne dhòmhsa cha robh an t-ainm a' ciallachadh càil ach sin.

AN ROSACH

Mura tusa a sgrìobh iad, a bheil fios agad cò sgrìobh iad? An tug i guth idir air na litrichean seo nuair a bhiodh sibh a' coinneachadh a chèile air cùl an taighe?

UILLEAM

Cha tug.

AN ROSACH

Tha e annasach nach fhaca tu iad mar a chunnaic
thu na cairtean Nollaig aice, an fheadhainn a
chuir thu a mhullach an teine le feirg?

UILLEAM

'S iongantach gur mi a thog na litrichean an latha
a thàinig iad. Mas ann air a' phost a thàinig iad?

AN ROSACH

Dè tha thu a' feuchainn ri ràdh?

UILLEAM

'S dòcha gur e cuideigin san taigh a sgrìobh iad.

AN ROSACH

Tha thu a-nise a' feuchainn ri amharas a ghluasad
gu cuideigin eile san taigh.

Tha an ROSACH a' fàs fiadhaich agus e a' comharrachadh a
h-uile puing gu cruaidh.

AN ROSACH

Am feum mi a h-uile sìon a chur nad chuimhne?

Dh'inns thu na breugan mun ghunna.

Tha d' ainm-sgrìobhte air an t-seic.

Bha thu a' falbh le Cairistiona gun fhiosta dha do
bhean agus do theaghlach.

Fhuair thu a-mach gun robh i trom le pàiste -
pàiste fear eile.

Agus, tha thu air aideachadh gun robh an cuthach
ort.

Tha an ROSACH a' seasamh. Tha MACMHATHAIN a' seasamh agus a' cur air falbh an leabhair agus am peansail.

AN ROSACH

Uilleim Ghòrdain, chan eil roghainn againn ach do chumail an grèim gus an seas thu cùirt fon chasaid gun do mhurt thu Cairistiona Nic an t-Saoir.

Tha an ROSACH agus MACMHATHAIN a' coiseachd a-mach agus tha UILLEAM a' cur a chinn air a' bhòrd agus a' caoineadh.

DEIREADH SEALLADH 9

10. CEALLA ANN AN STÈISEAN NAM POILEAS

Tha FEARCHAR agus athair ann an cealla poilis. Tha UILLEAM na shuidhe air suidheachan a tha a' sìneadh eadar dà bhalla agus a tha mar phàirt den chealla; tha e follaiseach mar an t-àite-cadail aige cuideachd.

Tha aodach glas - briogais agus lèine - air UILLEAM. Chan eil brògan air, dìreach stocainnean. Tha FEARCHAR ann an lèine ghorm agus dinichean.

Tha sèithear beag faisg air le treidhe bìdh air. Chan eil càil eile mun cuairt orra ach ballaichean lom agus doras le uinneag bheag a tha air a dubhadh. Tha FEARCHAR na sheasamh goirid dhan doras.

UILLEAM

Nach suidh thu? Tog an treidhe sin agus suidh airson mionaid. Nach eil do mhàthair còmhla riut?

FEARCHAR

Cha robh i a' faireachdainn gu math an-diugh idir. Tillidh an dithis againn a-màireach. Cha tug iad dhomh cus ùine, athair. Bha mi dìreach airson na beannachdan aice a thoirt thugaibh. Chan fhada gus am bi a' ghòraiche a tha seo seachad.

UILLEAM

A bheil thu fhèin a' cumail sùil air na bùthan? Tha mi duilich, tha fios a'm nach eil sin cudromach an-dràsta. Fhearchair, tha mi neoichiontach. Tha sibh gam chreidsinn, nach eil?

FEARCHAR

Tha. Nach eil fios agaibh gu bheil? Cò chreideadh gun dèanadh sibhse a leithid de rud?

UILLEAM

Huh! A h-uile poileas a th' air bruidhinn rium!

FEARCHAR

Dearbhaidh Seòras Urchardan gur e na breugan a th' ann.

UILLEAM

(Le gàire gun shunnd)

Am fear-lagha as cosgaile san dùthaich!

FEARCHAR

Agus am fear as fheàrr.

UILLEAM

Ò tha fios a'm. Ach tha e a' gearan nach eil air a bhith aige ach dà mhìos airson a h-uile rud a tharraing ri chèile. Tha e coltach nach e mòran ùine a tha sin. Chan eil sin a' cuideachadh mo mhisneachd.

FEARCHAR

Bidh esan mionaideach ge-tà.

UILLEAM

Tha e an seo a h-uile latha cha mhòr. Mus fhalbh thu, Fhearchair, can rium a-rithist gu bheil thu fhèin agus do mhàthair gam chreidsinn.

FEARCHAR

Tha...

(le beagan mì-chinnt na ghuth)

UILLEAM

Ach?

FEARCHAR

An gunna?

Tha UILLEAM a' dèanamh osna mhòr.

FEARCHAR

An gunna a chuir sibh a dh'iarraidh air Mac na Ceàrdaich. Tha iad ag ràdh gu bheil an t-ainm-sgrìobhte agaibh air an t-seic. Ciamar as urrainn sin a bhith?

UILLEAM

Ciamar ach gun do chuir cuideigin eile m' ainm air an t-seic? Ciamar a fhuair e no i an seic sa chiad àite - 's beag m' fhios. Feumaidh sibh mo chreidsinn. Tha fios a'm gu bheil e a' coimhead dona 's chan eil mi fhìn ga thuigsinn. Ach, Fhearchair, tha mi neoichiontach.

Tha glas an dorais ga tarraing 's an doras a' fosgladh. Tha POILEAS òg a' nochdadh.

POILEAS

Tha Maighstir Urchardan an seo. Feumaidh tusa falbh. Chan eil ceadaichte ach aon neach aig aon àm.

Tha UILLEAM a' seasamh agus a' dol gu mhac 's a' cur a ghàirdeanan mun cuairt air.

UILLEAM

Thoir mo bheannachdan dha do mhàthair. Coimhead às a dèidh agus chì mi an dithis agaibh a-màireach. Cha do mhurt mise Cairistiona.

FEARCHAR

Seadh ma tha, 's fheàrr dhomh falbh. Feuch gun ith sibh rudeigin. Tha sibh air fàs tana.

Tha FEARCHAR a' fàgail agus tha SEÒRAS Urchardan a' tighinn a-steach. Tha e a' gnogadh a chinn ri FEARCHAR san dol-seachad. Tha SEÒRAS ann an deise dhorcha agus tha càrn de phàipearan aige ann an cèisean grinn.

SEÒRAS

Am faigh mi bòrd de sheòrsa air choreigin a-staigh an seo?

Tha am POILEAS a' dùnadh an dorais às a dhèidh. Tha UILLEAM air ais na shuidhe air a' bheinge/leabaidh.

SEÒRAS

Seadh, Uilleim, agus ciamar a tha thu an-diugh?

UILLEAM

Mar a bha mi an-dè 's a h-uile latha eile bho thàinig mi dhan àite seo. A' feitheamh gus mo shaorsa fhaighinn air ais.

Tha an doras a' fosgladh agus tha am POILEAS a' tighinn a-steach le bòrd beag ceàrnagach 's ga chur ann am meadhan an làir.

SEÒRAS

Tapadh leat.

Tha am POILEAS a' fàgail. Tha SEÒRAS a' cur nam pàipearan air a bhòrd, a' gluasad na treidhe agus a' suidhe air an t-sèithear.

SEÒRAS

Seadh ma tha, Uilleim. Chan eil cus ùine againn air fhàgail. Feumaidh sinn ruith tron h-uile mìr den chùis an-diugh air dhòigh 's gum bi sinn deiseil airson na cùrtach. Tha tòrr cheistean agam dhut - 's bi thu air a' chuid mhòr a fhreagairt ma tha. Bi foighidneach. Chan eil an còrr dòigh ann.

Tha SEÒRAS a' rèiteach nan cèisean agus a' toirt pàipear à tè dhiubh.

SEÒRAS

Bidh luchd-lagha a' chrùn air ullachadh a dhèanamh. Feumaidh sinne a bhith ullaichte cuideachd.

Uilleim, faighnichidh mi dhut a-rithist. An tusa a mharbh Cairistiona Nic an t-Saoir?

UILLEAM

Cha mhi.

SEÒRAS

Feumaidh tu an fhìrinn innse dhomh. Tha mise an seo airson do dhìon, agus ma mharbh thu i feuchaidh mi ri do shaoradh.

UILLEAM

Tha mi ag innse na fìrinn. Dè cho tric 's a dh'fheumas mi a' cheist sin a fhreagairt?

Tha SEÒRAS a' lorg pàipear eile.

SEÒRAS

Inns dhomh mun ghunna ma tha? Am fear a chuir thu a dh'iarraidh air Mac na Ceàrdaich?

UILLEAM

Cha do chuir mi a dh'iarraidh gunna.

SEÒRAS

A rèir coltais tha dearbhadh aig na poilis gun do chuir, gun deach seic tro leabhraichean Mhic na Ceàrdaich, seic le d' ainm-sa air. Seic airson ceithir fichead not 's a sia.

Tha SEÒRAS a' taghadh aon duilleig.

SEÒRAS

Agus seo leth-bhreac den t-seic.

Tha SEÒRAS a' sealltainn an t-seic do dh'UILLEAM. Tha UILLEAM ag èirigh na sheasamh 's a' dol chun a' bhùird.

SEÒRAS

An e do làmh-sgrìobhaidh a tha sin?

UILLEAM

'S e.

SEÒRAS

Agus an e sin àireamh do chunntas-banca?

UILLEAM

'S e... ach...

SEÒRAS

Seo aon de na prìomh phàipearan a bhios aig a' chrùn nad aghaidh. A bheil thu fhathast a' dol às àicheadh gun do dh'òrdanaich thu gunna?

UILLEAM

Tha. Cha do chuir mi a dh'iarraidh gunna no rud sam bith eile air Mac na Ceàrdaich. Chan eil mi a' tuigsinn ciamar a thachair seo.

SEÒRAS

Càil idir? Smaoinich!

UILLEAM

Cha do chuir.

SEÒRAS

A bheil thu cinnteach? Tha dearbhadh ann gun do chuir thu seic gu Mac na Ceàrdaich, ach chan eil sin ann fhèin a' dearbhadh gur ann airson gunna a bha e.

UILLEAM

Tha, tha mi gu tur cinnteach.

SEÒRAS

Tha e gu bhith uabhasach duilich do dhìon an aghaidh seo.

Tha UILLEAM a' togail a' phàipeir bhon bhòrd.

UILLEAM

Ach seall seo! Tha m' ainm-sgrìobhte air, ach tha an sgrìobhadh eile ann an litrichean mòra. Cha bhi mise uair sam bith a' sgrìobhadh seic mar sin. Bidh mi ga sgrìobhadh air fad nam làmh-sgrìobhaidh.

Tha UILLEAM a' cur sìos a' phàipeir agus a' coiseachd air ais 's air adhart eadar na ballaichean fhad 's a tha e a' bruidhinn.

UILLEAM

Seo a tha mise a' smaoinichadh a thachair. Fhuair cuideigin - chan eil beachd agam cò - lorg air seic leamsa. Dh'fhoillsich e m' ainm-sgrìobhte, agus sgrìobh e an còrr ann an litrichean mòra.

SEÒRAS

Agus cò gheibheadh cothrom air sin a dhèanamh?

UILLEAM

Chan eil fhios a'm.

SEÒRAS

A bheil e coltach gur e cuideigin ann an Sealladh Mara a bh' ann?

UILLEAM

Cò aig tha fios? Chan aithne dhomh gun do chaill mi an leabhar-sheicichean aig àm sam bith. Tha mi a' creidsinn gur ann aig cuideigin san taigh a bhiodh an cothrom.

SEÒRAS

Uill, iarraidh mi air na poilis tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh mun seo - gann 's gu bheil an ùine. Ach chan eil e a' coimhead math aig an ìre seo.

Tha SEÒRAS a' lorg tuilleadh phàipearan.

SEÒRAS

Rud eile nach eil a' coimhead math air ur son - ach cuimhnich gur e mise a tha gad riochdachadh - 's e thu fhèin is Cairistiona.

Tha UILLEAM a' suidhe.

UILLEAM

Am feum thu a thogail sa chùirt? Chan eil fios aig an teaghlach gun robh mi fhìn is Cairistiona a' faicinn a chèile. Bidh iad briste 's bidh mi air mo nàrachadh.

SEÒRAS

'S iongantach gum bi e air chomas dhuinn sin fhalach bho shùilean na cùirte. Chan eil teagamh nach tog an crùn rud sam bith den t-seòrsa sin air am faigh iad lorg. Dhèanainn fhìn an dearbh rud airson taic a chur ri mo thagradh. Cha ghabh e fhalach nas fhaide.

UILLEAM

Ach Ealasaid! Fearchar!

SEÒRAS

Bheirinn a' chomhairle ort innse do dh'Ealasaid agus do dh'Fhearchar nuair a thig iad a choimhead ort. Gus nach ann sa chùirt a gheibh iad a' chiad iomradh air. Tha seo doirbh, tuigidh mi sin. Ach tha mise air iomadh cùis a dhìon. Nì mi mo dhìcheall dhutsa cuideachd.

Leis a sin, tha SEÒRAS a' sgioblachadh nam pàipearan uile, 's gan togail leis. Tha e a' coiseachd chun an dorais agus a' gnogadh air an uinneig bhig. Tha am POILEAS a' fosgladh na h-uinneig an toiseach agus an uair sin cluinnear a' ghlas ga tarraing. Tha an doras a' fosgladh.

SEÒRAS

Bidh mi air ais a-màireach - feasgar.

Tha SEÒRAS a' coiseachd a-mach agus tha an doras a' dùnadh às a dhèidh. Tha UILLEAM na shuidhe 's a cheann crom.

11. CIDSIN DHÒMHNAILL AONGHAIS DHUIBH

Tha MÀIRI na suidhe ri taobh an stòbh 's i trang a' fighe. Tha DÒMHNALL aig aon cheann den bhòrd agus pàipear-naidheachd fosgailte air a bheulaibh. Tha cupa teatha agus sgona ri thaobh.

MÀIRI

B' fheàrr leam gun greasadh Calum Beag air. Bidh mise san leabaidh a dh'aithghearr. Ach tha mi air bhioran gus na naidheachdan fhaighinn, nach eil thu fhèin?

DÒMHNALL

Cha bhi e fada tuilleadh. Gheall e tadhal. Mura deach maill orra air an rathad eadar seo is Dùn Èideann. Tha an t-astar fada ach tha Alasdair Mhurchaidh glè eòlach air a bhith a' dràibheadh suas is sìos.

MÀIRI

Abair squad a' falbh à Baile Thorcaill airson cùirt! Shaoileadh tu gur e saor-làithean an t-samhraidh a bh' ann. Ach cò bhiodh air a chreidsinn gun tachradh a leithid anns an àite.

DÒMHNALL

'S fhad' o chuala sinn mu d' ainm a bhith air na cnogain shilidh. Uill, tha Baile Thorcaill ainmeil a-nise gun teagamh - 's chan ann airson an adhbhair as fheàrr. Tha iad seo a' dèanamh a-mach gum bi an gnothach seachad a-màireach no an-earar, uill ach a-mhàin an co-dhùnadh aig an dithis luchd-lagha agus binn a' bhreithimh.

MÀIRI

Fhios agad 's gann gu bheil mi fhathast ga chreidsinn. Uilleam Gòrdan! Murtair!

DÒMHNALL

Cò bhiodh air a chreidsinn? Cha robh amharas aig duine againne airsan.

MÀIRI

Tha e dìreach a' sealltainn nach urrainn dhut earbsa a bhith agad ann an duine sam bith. Feumaidh gu bheil iad gu math cinnteach às a' ghnothach. Tha e air a bhith sa phrìosan aca bho chionn dà mhìos, 's tha e a-nise san Àrd-chùirt. Tha Seasaidh gu math cinnteach às. Thuirt i gun robh i 'n dòchas gum faigheadh e am prìosan 's gun deidheadh fhàgail ann gus an dubhadh fhiaclan.

DÒMHNALL

Tha aon rud cinnteach agus 's e sin nach ceannaich sinne an còrr à bùth a' Ghòrdanaich! Sinne agus gu leòr eile san àite seo.

MÀIRI

Ach gheibh sinn fois na h-oidhche - 's cinnt mu dheireadh thall nach eil murtair nar measg tuilleadh.

DÒMHNALL

Bha Iain Choinnich ann am bogsa nam mionnan an-diugh, a rèir seo.

MÀIRI

Nach esan an aon duine às a' bhaile a chaidh a ghairm - uill, a bharrachd air an teaghlach agus luchd-obrach Sealladh Mara. Bhithinn air mo chlisgeadh - dìreach a' seasamh ann an cùirt.

DÒMHNALL

Ach 's e Iain an aon duine a chunnaic càil annasach an oidhche a chaidh Cairistiona bho chd a mhurt.

Chunnaic e càr geal faisg air Sealladh Mara 's e a-muigh air chuairt leis a' chù. Bha cuideigin anns a' chàr, ach cha do dh'aithnich Iain e.

Chan eil fhios dè an seòrsa cuideachaidh a thug sin dha na poilis. Tha iad ag ràdh nach d'fhuair iad riamh a-mach cò leis a bha an càr geal no cò bha na bhroinn.

Tha MÀIRI a' dèanamh osna mhòr.

MÀIRI

'S e Ealasaid, bean a' Ghòrdanaich, a tha a' cur truas ormsa, an gille Fearchar cuideachd, ach gu h-àraidh Ealasaid. Dè idir a nì i nuair a thèid esan a ghlasadh air falbh fad bhliadhnaichean. Saoil am fuirich iad ann a sheo?

DÒMHNALL

Chan fhuirich gu dearbha - cha leig an nàire no am briseadh-dùil leotha.

Tha an doras a' fosgladh agus tha CALUM BEAG a' tighinn a-steach. Tha esan air a sgeadachadh gu snasail na dheise Sàbaid. Tha e a' toirt a churrac dheth agus a' coiseachd suas chun an stòbh. Tha MÀIRI a' cur bhuaipe na fighe agus tha DOMHNALL a' pasgadh a' phàipeir.

CALUM BEAG

Tha i fuar a-muigh, ach nas blàithe na bha Dùn Èideann.

MÀIRI

Thug sibh greis air an rathad. 'S fheudar gun robh e trang.

CALUM BEAG

Trang gu leòr, ach tha Alasdair eòlach 's cha do stad sinn ach aon turas airson balgam teatha.

MÀIRI

Bidh thu sgìth. Suidh greiseag 's gum faigh sinn do naidheachd. Nì mi teatha?

CALUM BEAG

Na dèan càil dhòmhsa, a Mhàiri, chan fhuirich mi fada no bidh i fhèin a' trod. Tha ise sgìth - chan eil i cho cleachdte ri bhith a' siubhal air an astar ud.

Tha MÀIRI AGUS DÒMHNALL a' fàs sàmhach 's iad a' feitheamh ris na naidheachdan aig CALUM BEAG bhon chùirt. Tha CALUM BEAG a' gnogadh a chinn ris a' phàipear-naidheachd.

CALUM BEAG

Uill, bidh am pàipear sin inntinneach a-màireach. Abair maslachadh dha na Gòrdanaich. Bha Uilleam Gòrdan a' falbh le Cairistiona.

'S gann gu bheil MÀIRI no DÒMHNALL ga chreidsinn.

MÀIRI

Nach ist thu!

DÒMHNALL

Gu dè thuirt thu?

CALUM BEAG

Agus 's ann o bhean, Ealasaid, a tharraing fear-lagha a' chrùin am fiosrachadh sin. Bha i ann am bogsa nam mionnan greis mhath. Chuir i truas air a' mhòr-chuid saoilidh mi.

MÀIRI

'S bha fios aice mu cèile agus Cairistiona?

CALUM BEAG

Dh'aidich i nach robh sìon a dh'fhios aice air càil gus an deach a chur an grèim, 's a dh'inns e fhèin dhi sa phrìosan.

DÒMHNALL

Neo-ar-thaing nach innseadh e an uair sin - agus an saoghal gu lèir gus faighinn a-mach.

MÀIRI

Ò uill, tha fios nach eil mòran teagamh sa chùis a-nise ma tha?

CALUM BEAG

Chan eil fhios a'm mun sin. Thuirte
Ealasaid nach deach Uilleam a-mach
air doras an oidhche a chaidh
Cairistiona a mhurt. Agus a
dh'aindeoin 's mar a ghiùlain e e
fhèin 's mar a nàraich e i, thuirte i
gun robh i cinnteach nach esan a
mharbh Cairistiona, 's gu bheil e
neoichiontach.

MÀIRI

Seo dhut! Nach ise a tha dìleas.

DÒMHNALL

Rud nach robh esan! 'S ciamar a
chaidh do dh'Iain Choinnich.

CALUM BEAG

B' esan am fear mu dheireadh a
chunnaic 's a chuala sinne. Fhreagair
e na ceistean agus dh'inns e dhaibh
mar a chaidh e a-mach air chuairt
leis a' chù oidhche a' mhurt, agus
mun chàr gheal a chunnaic e faisg air
Sealladh Mara. Cha robh càil às ùr
nach cuala sinn fhìn bhuaithe.

DÒMHNALL

Chan eil fad aig a' ghnothach ri dhol
ma tha?

CALUM BEAG

Uill, chaidh a h-uile duine bhon taigh mhòr a cheasnachadh agus bhruidhinn grunn phoilis. Chan eil air fhàgail a-nise ach Uilleam Gòrdan fhèin. Bidh e anns a' bhogsa madainn a-màireach.

MÀIRI

De thug oirbhse tilleadh?

CALUM BEAG

Bha siud gu leòr dhòmhsa ach dh'fhuirich gu leòr dhe na nàbaidhean shìos. Tha Seumas is Beileag air cola-deug de shaor-làithean a dhèanamh dheth.

MÀIRI

Ò uill, bidh e uile seachad mun àm sa an-ath-oidhch'. Gheibh sinne fois agus gheibh Uilleam Gòrdan am prìosan.

CALUM BEAG

'S fheàrr dhomh togail orm. Bidh mi gur faicinn. Oidhche mhath.

MÀIRI & DÒMHNALL

Oidhche mhath!

Tha CALUM BEAG a' dèanamh air an doras.

DEIREADH SEALLADH 11

12. AN ÀRD-CHÙIRT

Tha UILLEAM ann am bogsa nam mionnan agus coltas gu bheil greiseag bho thòisich an ceasnachadh aige. Tha am britheamh agus an dithis fhear-lagha ann an èideadh na cùrtach agus tha gach neach a tha ann gu h-oifigeil sgeadaichte ann an aodach spaideil no èideadh poilis. Tha sreath beag ri fhaicinn dhen fheadhainn a tha san èisteachd agus tha duine no dithis de luchd-naidheachd a' sgrìobhadh ann an leabhraichean. Tha EALASaid, FEARCHAR, IAIN CHOINNICH agus luchd-fianais eile air beinge gu aon taobh.

'S e SEUMAS MAC AN TÀILLEIR, fear-lagha a' chrùin, a tha a' cur nan ceistean air UILLEAM

SEUMAS MAC AN TÀILLEIR

Carson a mharbh thu Cairistiona Nic an t-Saoir?

UILLEAM

Cha do mharbh mise idir i.

SEUMAS MAC AN TÀILLEIR

Nach eil e fìor gun do mharbh thu i nuair a dh'inns i dhut gun robh i a' faicinn fear eile 's gun robh dùil aice ri leanabh?

UILLEAM

Chan eil sin ceart. Cha do mharbh mi i.

SEUMAS MAC AN TÀILLEIR

Tha an fhianais nad aghaidh gu math làidir. Chuir thu a dh'iarraidh gunna as t-fhoghar sa chaidh?

UILLEAM

Cha do chuir.

SEUMAS MAC AN TÀILLEIR

Tha seic an sin le d' ainm air, seic a phàigh airson a' ghunna a dh'òrdanaich thu agus a chaidh a chur thugad air a phost le Mac na Ceàrdaich, gu do dhachaigh aig Sealladh Mara, an dearbh ghunna a loisg an dà pheilear a mharbh Cairistiona Nic an t-Saoir. Dè tha agad ri ràdh ris a sin?

Tha UILLEAM troimh-a-chèile agus sgìth. Tha fallas air.

UILLEAM

Chan eil mi a' tuigsinn sin. Chan eil mi a' tuigsinn ciamar a thachair sin.

SEUMAS MAC AN TÀILLEIR

Chan eil an còrr cheistean agamsa.

BRITHEAMH

A Mhaighstir Urchardain?

Tha SEÒRAS URCHARDAN a' seasamh.

SEÒRAS URCHARDAN

Chan eil ceistean agamsa do Mhaighstir Gòrdan.

Tha brunndail sa chùirt agus seo a' cur iongnadh air daoine.

SEÒRAS URCHARDAN

Ach, le ur cead...

Tha e a' gnogadh a chinn ri SEUMAS MAC AN TÀILLEIR agus tha an dithis a' coiseachd suas chun a' BHRITHEIMH. Tha SEÒRAS URCHARDAN a' bruidhinn ann an guth ìosal agus cha chluinnear a bhriathran. Tha e a' sìneadh pìos pàipeir chun a' BHRITHEIMH. Tha esan ga leughadh gu h-aithghearr agus a' gnogadh a chinn. Tha an dithis fhear-lagha a' tilleadh chun nam bùird aca fhèin. Tha MAC AN TÀILLEIR a' suidhe ach tha URCHARDAN a' fuireach na sheasamh.

BRITHEAMH

A Mhaighstir Ghòrdain, faodaidh tu suidhe.

Tha UILLEAM a' fàgail bogsa nam mionnan agus a' tilleadh chun a' bhùird aig a bheil SEÒRAS URCHARDAN na sheasamh.

BRITHEAMH

Tha mi a' dèanamh ath-ghairm air Iain Mac an t-Sealgair gu bogsa nam mionnan airson barrachd ceasnachaidh.

Tha IAIN CHOINNICH mì-cinnteach dè dha-rìribh a tha a' tachairt, ach le stiùireadh o fhear dhe na poilis, tha e a' dèanamh a shlighe dhan bhogsa.

BRITHEAMH

Tha mi airson a chur nad chuimhne agus a dhèanamh soilleir dhan chùirt gu bheil thu fhathast air do mhionnan.

Tha IAIN CHOINNICH a' gnogadh a chinn.

BRITHEAMH

A Mhaighstir Mhic an Tàilleir, a bheil ceistean agad?

SEUMAS MAC AN TÀILLEIR

Chan eil ceist sam bith agamsa aig an àm seo.

BRITHEAMH

A Mhaighstir Urchardain ma-tà?

Tha SEÒRAS URCHADAN a' gluasad a dh'ionnsaigh bogsa nam mionnan.

SEÒRAS URCHADAN

Dh'inns thu don chùirt roimhe gun robh thu a-muigh air chuairt leis a' chù an oidhche a chaidh Cairistiona Nic an t-Saoir a mhurt. A bheil sin ceart?

IAIN CHOINNICH

Tha.

SEÒRAS URCHADAN

An deach thu faisg air Sealladh Mara?

IAIN CHOINNICH

Chaidh. Chaidh mi seachad air, ach dh'inns mi seo roimhe.

BRITHEAMH

Dìreach freagair na ceistean, mas e do thoil e.

SEÒRAS URCHADAN

Am faca tu càil sam bith air do chuairt?

IAIN CHOINNICH

Chunnaic, chunnaic mi càr beag, geal faisg air an taigh, agus bha cuideigin na shuidhe sa chàr.

SEÒRAS URCHADAN

Cuin a dh'fhàg thu do thaigh fhèin airson a dhol air a' chuairt seo?

IAIN CHOINNICH

Naoi uairean.

SEÒRAS URCHADAN

Ciamar a tha thu cho cinnteach às an uair?

IAIN CHOINNICH

Bha na naidheachdan a' tòiseachadh air an telebhisean.

SEÒRAS URCHADAN

Glè mhath.

Tha greiseag a' dol seachad gun chàil ga ràdh. Tha IAIN CHOINNICH a' coimhead mì-chofhurtail.

SEÒRAS URCHADAN

Seadh. Seadh.

Tha daoine a' fàs an-fhoiseil agus a' gluasad anns na sèithrichean aca. Tha an cuspair ag atharrachadh.

SEÒRAS URCHADAN

Agus, cuin a thòisich thu a' falbh le Cairistiona Nic an t-Saoir.

Tha daoine sa chùirt a' tarraing an anail gu follaiseach. Tha IAIN CHOINNICH a' tionndadh chun a' bhritheimh.

IAIN CHOINNICH

Am feum mi seo a fhreagairt?

BRITHEAMH

Feumaidh. Freagair a' cheist.

IAIN CHOINNICH

Bho chionn sia no seachd a mhìosan.

SEÒRAS URCHADAN

'S tusa am fear eile a bha i a' faicinn?

IAIN CHOINNICH

'S mi.

SEÒRAS URCHADAN

Agus bhiodh Cairistiona a' dol a-mach air uinneag an t-seòmair aice airson coinneachadh riutsa cuideachd air an oidhche, gun fhiosta do dhuine sam bith eile?

IAIN CHOINNICH

Bhitheadh.

SEÒRAS URCHADAN

An do choinnich sibh an oidhche a chaidh a murt?

IAIN CHOINNICH

Cha do choinnich. Bha mi air chuairt leis a' chù
mar a thuirte mi roimhe.

Tha am fear-lagha ag atharrachadh a' chuspair a-rithist.

SEÒRAS URCHADAN

Dè an dreuchd a th' agad?

IAIN CHOINNICH

Tha mi ag obair ann am banca.

SEÒRAS URCHADAN

An e sin am banca ris am bi Uilleam Gòrdan a'
dèiligeadh?

IAIN CHOINNICH

Tha mi a' smaoinichadh gur e. Bidh mòran dhaoine
ga chleachdadh.

SEÒRAS URCHADAN

Tha fios agad gur h-e.

Tha am fear-lagha a' gabhail air a shocair a-rithist.

SEÒRAS URCHADAN

An robh thu fhèin agus Cairistiona san sgoil
còmhla?

IAIN CHOINNICH

Bha, ach dè...

SEÒRAS URCHADAN

Inns dhomh mu Bhaile nam Muc?

IAIN CHOINNICH

Chan eil a leithid a dh'àite ann. Rinn sinn suas
an t-ainm.

SEÒRAS URCHADAN

Carson a sgrìobh thu dà litir neònach gu
Cairistiona Nic an t-Saoir, anns an do dh'ainmich
thu Baile nam Muc? An robh thu a' feuchainn ri
eagal a chur oirre?

IAIN CHOINNICH

Cha robh mi a' feuchainn ri eagal a chur oirre.

SEÒRAS URCHADAN

Tha thu ag aideachadh gun do sgrìobh thu na
litrichean ge-tà.

IAIN CHOINNICH

Chan eil mi ag aideachadh càil.

SEÒRAS URCHADAN

Tha mise a' cur riut gur tu a sgrìobh na litrichean, airson 's gum biodh ceistean oirre mu dè bha iad a ciallachadh, agus gum biodh an t-eagal oirre.

IAIN CHOINNICH

Chan eil cuimhn' a'm...

Tha am fear-lagha a' bristeadh a-steach.

SEÒRAS URCHADAN

Nach ùraich mi do chuimhne ma tha?

Bha thusa a' falbh le Cairistiona Nic an t-Saoir aig an aon àm 's a bha i a' faicinn Uilleim Ghòrdain. Fhuair an dithis agaibh a-mach ged nach robh fios aig a h-aon agaibh cò am fear eile leis an robh i a' falbh. Bha an dithis agaibh fiadhaich, ach dhèilig sibh ris ann an dòighean eadar-dhealaichte.

Tha am fear-lagha a' coiseachd air ais 's air adhart. Tha e eadar a bhith a' stiùireadh a' chòmhradh gu IAIN CHOINNICH agus gu na tha an làthair sa chùirt.

SEÒRAS URCHADAN

An oidhche a bhàsaich Cairistiona chaidh thu a-mach ceart gu leòr, ach cha b' ann leis a' chù. Bha thu a' dol a choinneachadh ri Cairistiona cleas na h-àbhaist. Dh'fhàg thu an cù a-staigh. Thuirt thu gur ann aig naoi uairean a dh'fhàg thu an taigh?

IAIN CHOINNICH

'S ann.

SEÒRAS URCHADAN

Thuir thu gun robh thu cinnteach gur ann aig naoi uairean a dh'fhàg thu seach gun robh na naidheachdan dìreach a' tòiseachadh air an telebhisean?

IAIN CHOINNICH

Tha sin ceart.

SEÒRAS URCHADAN

Trì oidhche ron Nollaig! Tha na naidheachdan air an telebhisean aig àm gu tur eadar-dhealaichte aig an àm sin den bhliadhna. An oidhche a chaidh Cairistiona a mhurt, bha na naidheachdan air aon taobh aig cairteal gu deich 's air an taobh eile aig leth uair an dèidh deich.

Tha IAIN CHOINNICH na fhallas agus a' sìor fhàs an-fhoiseil. Tha a' chùirt sàmhach.

SEÒRAS URCHADAN

Tha sinn air tòrr a chluinntinn mun ghunna a chuireadh a dh'iarraidh an ainm Uilleim Ghòrdain. Ach cha do chuir e a dh'iarraidh a' ghunna seo idir. Thusa a ghoid leabhar-sheicichean le Uilleam Gòrdan às a' bhanca sa bheil thu ag obair. A bharrachd air a sin fhuair thu cothrom air làmh-sgrìobhadh Uilleim Ghòrdain fhaicinn agus ionnsachadh. 'S tusa a chuir a dh'iarraidh a' ghunna.

Ach ciamar a chaidh agad air an gunna fhaighinn ma bha seòladh Sealladh Mara air a' phasgan?

Innsidh mise sin dhut agus don chùirt.

Gach latha, tha thusa a' togail litrichean a' bhanca ann an Oifis a' Phuist. As t-fhoghar sa chaidh, chum thu sùil a-mach airson pasgan do Shealladh Mara. Ann an coimhearsnachd bheag mar Baile Thorcaill, cò bhiodh amharasach nuair a thairgeadh tu am pasgan a thoirt leat agus fhàgail aig an taigh mhòr?

Tha SEÒRAS URCHADAN a' tionndadh chun a' BHRITHEIMH.

SEÒRAS URCHADAN

Tha mi a' tagradh gu bheil am fear-dìona a tha na sheasamh sa chùirt seo neoichiontach a thaobh na thathar a' cur às a leth agus gur e Iain Mac an t-Sealgair a mharbh Cairistiona Nic an t-Saoir, leis a' ghunna a fhuair e anns an dòigh a mhìnich mi. Tha mi a' moladh gun tig a' chùirt seo gu ceann.

Tha am BRITHEAMH a' coimhead ri SEUMAS MAC AN TÀILLEIR.

BRITHEAMH

A Mhaighstir Mhic an Tàilleir?

Tha SEUMAS MAC AN TÀILLEIR ag èirigh na sheasamh.

SEUMAS MAC AN TÀILLEIR MAC AN TÀILLEIR

Chan eil e fa-near dhomh a dhol nas fhaide.

BRITHEAMH

Tha thu saor, Uilleim Ghòrdain. Tha cead agad falbh.

Iain Mhic an t-Sealgair, thèid do thoirt dhan phrìosan agus, aig àm nach eil fad às, thèid do thoirt air ais don chùirt seo far an tèid co-dhùnadh a dhèanamh air binn prìosain iomchaidh airson murt Chairistiona Nic an t-Saoir.

Tha dithis phoileas a' dol suas gu bogsa nam mionnan agus a' feitheamh gus an tig IAIN CHOINNICH a-mach. Tha am BRITHEAMH a' seasamh agus a' fàgail a shuidheachain. Tha an sluagh san taigh-chùrtach a' seasamh aig an aon àm ris a' bhreitheamh, agus a' còmhradh am measg a chèile. Tha UILLEAM GÒRDAN a' breith air làimh air SEÒRAS URCHADAN.

AN DEIREADH